



**CROFTING COMMISSION
COIMISEAN NA CROITEARACHD**

COIMISEAN NA CROITEARACHD

PLANA POILEASAIDH

CLÀR-INNSE

| | |
|--|----|
| <i>Croitearachd</i> | 1 |
| Cùl-fhiosrachaidh eachdraidheil | 1 |
| An Coimisean..... | 2 |
| <i>AM PLANA AGUS ADHBHAR A’ PHLANA</i> | 2 |
| Ro-ràdh | 2 |
| Co-chomhairleachadh air a’ Phlana | 2 |
| Adhbhar a’ Phlana | 2 |
| Structar a’ Phlana | 3 |
| Mineachaidhean | 3 |
| <i>PRÌOMH THÈAMAN</i> | 4 |
| Fearann Croite: Faotainneachd agus cleachdadh | 5 |
| Gleidheadh Fearann ann an Gabhaltas Croitearachd | 6 |
| Fearann Coitcheann | 7 |
| Ro-ràdh | 8 |
| Luach Croitearachd | 8 |
| Carson a tha Riaghladh Èifeachdach air Croitearachd Cudromach? | 9 |
| Fuinceanan a’ Choimisein | 9 |
| Riaghladh Croitearachd..... | 9 |
| Cleachdadh Fearainn | 11 |
| Stiùireadh Co-roinnte air Goireasan Coitcheann | 11 |
| Ath-eagrachadh Croitearachd | 12 |
| Adhartachadh ùidhean croitearachd | 12 |
| Cumail ath-sgrùdadh air cùisean co-cheangailte ri croitearachd..... | 13 |
| Dleastanas Aithris | 13 |
| <i>PÀIRT 2: POILEASIDHEAN SÒNRAICHTE</i> | 14 |
| Ro-ràdh | 14 |
| Dleastanasan Chroitearan | 15 |
| Dleastanas Còmhnaidheachd | 16 |
| Cead a Bhith Às-làthair | 17 |
| Dleastanas Àiteach agus Cumail Suas | 17 |
| Dleastanas Mì-fheum no Dearmad a sheachnadh..... | 18 |
| Gearanan Brisidh air Dleastanas Reachdail | 19 |
| Clàradh Chroitean | 19 |
| Clàr Chroitean (air a chumail le Coimisean na Croitearachd) | 19 |
| Clàr Chroitean (air a chumail le Clàran Alba)..... | 19 |
| Di-chroiteadh..... | 20 |
| Di-chroiteadh – Làrach Taigh Croite is Fearann Gàrraidh..... | 21 |
| Sònrachadh | 21 |
| Roinn..... | 22 |
| Croitean Falamh | 23 |
| Croitean Ùra | 24 |
| Meudachadh Chroitean | 24 |
| Iomlaid air Croitean no Pàirt Chroitean | 25 |
| Fearann Ionaltraidh | 25 |
| Cuibhreannadh | 26 |

| | |
|---|-----------|
| Coilltearachd Croiteir | 27 |
| Ath-thòiseachadh Croite no Pàirt Croite no Fearann Ionaidh | 27 |
| Ath-eagrachadh | 27 |
| Ag obair le càch | 28 |
| Leantainneachd gun Tiomnadh | 29 |
| Planadh | 29 |
| Ùidh Phoblach | 30 |
| Seasmhachd | 30 |
| <i>PÀIRT 3: POILEASIDH AIR EADAR-MHÌNEACHADH PRÌOMH FHACAIL</i> | <i>31</i> |

CROITEARACHD

Cùl-fhiosrachaidh eachdraidheil

Lean gu dlùth ri cliù do shinnsre ('follow closely the legacy of your forefathers')

1. Thòisich croitearachd mar chruth de ghabhaltasan air an riaghladh 's air an dìon gu reachdail a bha air leth do Ghàidhealtachd agus Eileanan na h-Alba. Tha am modail traidiseanta a' cothlamadh gabhaltas fa leth croite ri taobh roinn den fhearann ionaltraidh.
2. Suas chun an Dàrna Cogaidh Mhòir, bha croitearachd sa chiad àite mar chruth àiteachais teachd-an-tìr. Bha croitean gu tric nam buidhnean còmhla ann am baile-fearainn, le meud chuibheasach croitean mu chòig acairean de fhearann a-staigh no àiteachais, air an robh an taigh croite agus na togalaichean àiteachail stèidhichte, agus le roinn ann an fhearann ionaltraidh a' bhaile, air a cho-stiùireadh còmhla ri luchd-earrannan eile a bha nan croitearan, airson stoc.
3. Sna 1950an, bha croitearachd ga fhaicinn mar shiostam a bha a' crìonadh agus le feum air beachdachadh sònraichte. Chaidh Coimisean nan Croitearan a stèidheachadh ann an 1955 le raon-dleasanais gu croitearachd a riaghladh agus a leasachadh. Chaidh am pròiseas amalachaidh croitean a bha an Coimisean a' brosnachadh sna 1970an fhàgail às dèidh sin, oir bha luach siostam fearainn beag-sgèile ga fhaicinn barrachd is barrachd ann an leasachadh dùthchail nas fharsainge agus anns na buannachdan a b' urrainn dha a liubhairt. Gus a' chuimse nas motha a bha air fhuincseanan riaghlaidh is dleasanais a nochdadh, chaidh Coimisean nan Croitearan ath-ainmeachadh gu Coimisean na Croitearachd ann an 2010.
4. Tha leantainneachd de dh'Achdan Croitearachd air còraichean is dleasanais a chur ris an t-siostam. Bho Achd Thacan Croitearan (Alba) 1886 ("Achd 1886") gu Achd nan Croitearan (Alba) 1993 ("Achd 1993"), chan eil prionnsapalan tèarainteachd gabhaltais, còir air màl cothromach, agus a' chòir aig croitear air airgead-dioldaidh airson leasachaidhean maireannach, air atharrachadh gu stuthail. Ach, thug an Achd Ath-leasachaidh Croitearachd (Alba) 1976 ("Achd 1976") còir dhligeach do croitearan an làrach taigh croite aca a cheannach agus còir teisteanachaidh air barganachadh leis an uachdaran airson cairt-chòrach fhaotainn don chroit aca. Bha Achd 1976 ainmeil cuideachd airson di-chroiteadh a leudachadh agus comas a thoirt do croitearan air roinn ann an luach fearainn sam bith a chaidh a thoirt bhuapa tro ath-ghabhail le Cùirt an Fhearainn ann an Alba airson leasachadh. Mu dheireadh, ged a chaidh 'croitearan-seilbhe' air croitean falamh a chruthachadh tro Achd 1976, cha robh croitearan-seilbhe air am mìneachadh chun na h-Achd Ath-leasachaidh Croitearachd (Alba) 2010 ("Achd 2010"). Tha mìneachaidhean laghail a-nis air croitearan a' gabhail a-steach an dà chuid màladairean agus croitearan seilbhe.
5. Tha pàtran nan croitearan seilbhe a-nis glè eadar-dhealaichte gu cruinn-eòlasach thar nan sgìrean croitearachd, le dùmhlachd mòran nas motha de croitearan seilbhe sna h-Eileanan a Tuath, agus anns na h-Eileanan an Iar le àireamh mhòr sa cheud de croitearan air fuireach nam màladairean.

An Coimisean

6. Chruthaich an Achd Ath-leasachaidh Croitearachd (Alba) 2010 Coimisean na Croitearachd, a thàinig gu bith air 1 Giblean 2012, a' gabhail thairis bho Choimisean nan Croitearan. Is e Buidheann Poblach Neo-roinneil (NDPB) a th' ann, a tha ag obrachadh air bunait làitheil neo-eisimeileach don riaghaltas, ach do bheil Ministearan na h-Alba cunntachail aig deireadh cùise. Faodaidh an Coimisean a bhith dèante de suas ri sia Coimiseanairean taghte agus trì Coimiseanairean air am fastadh le Riaghaltas na h-Alba. Tha an Coimisean a' faotainn taic bho mu 56 neach-obrach air an stiùireadh le Àrd-oifigear (a tha air fhadhadh le Ministearan na h-Alba ann an co-chomhairleachadh le Neach-gairm a' Choimisein). Tha Àrd-Oifis a' Choimisein stèidhichte ann an Taigh a' Ghlinne Mhòir ann an Inbhir Nis.
7. Bho àm buileachaidh Achd 2010, is e prìomh fhuincsean Coimisean na Croitearachd a bhith a' riaghladh croitearachd, ath-eagrachadh croitearachd, adhartachadh ùidhean croitearachd agus a' cumail chùisean co-cheangailte ri croitearachd fo ath-sgrùdadh. Tha an Achd cuideachd, am measg nithean eile, a' cur dleastanas air a' Choimisean brisidhean dleastanais le màladairean agus croitearan seilbhe, a rannsachadh. Faodaidh e am Ministear a chomhairleachadh air cùisean co-cheangailte ri croitearachd agus is urrainn dha cuideachd co-obrachadh le buidhnean eile airson leasachadh eaconamach agus leasachadh sòisealta nan sgìrean croitearachd. Ach chan urrainn dha gnìomhadh mar bhuidheann coiteachaidh. Mar bhuidheann poblach, tha an Coimisean buailteach do, agus le dleastanasan fo, raon de reachdas eile, ach tha am Plana seo a' cuimseachadh air dleastanasan agus cumhachdan a' Choimisein fo na h-Achdan Croitearachd.

AM PLANA AGUS ADHBHAR A' PHLANA

Ro-ràdh

8. Thug an Achd Ath-leasachaidh Croitearachd (Alba) 2010 a-steach riatanas air Coimisean na Croitearachd, gu Plana a chur a-steach gu Ministearan na h-Alba taobh a-staigh sia mìosan de na ciad thaghaidhean gu Coimisean na Croitearachd agus às dèidh gach taghadh às dèidh sin. Feumaidh am Plana poileasaidh a' Choimisein a mhìneachadh mun dòigh a tha sinn an dùil ar fuincseanan a chur an gnìomh.
9. Tha am Plana seo a' mìneachadh ar poileasaidh ro-innleachdail agus tha e còmhla ri, agus chan ann an àite, reachdas. Bidh barrachd mion-fhiosrachadh air pròiseas riaghlaidh ri fhaotainn air làrach-lìn a' Choimisein.

Co-chomhairleachadh air a' Phlana

10. Tha an Achd¹ ga dhèanamh riatanach don Choimisean co-chomhairleachadh le Ùghdarrasan Ionadail ann an sgìrean far a bheil croitean, agus le Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean, mus cuirear a-steach am Plana gu na Ministearan agus a' ceadachadh co-chomhairleachadh nas fharsainghe. Tha an Coimisean cuideachd bho àm gu àm ceadaichte am Plana atharrachadh, agus ann an dèanamh sin, feumaidh iad co-chomhairleachadh leis na buidhnean ceudna, mus cuirear am Plana a-steach gu Ministearan aon uair eile.

Adhbhar a' Phlana

¹ Mura seallar a chaochladh, bidh iomraidhean air "an Achd" co-cheangailte ri Achd nan Croitearan (Alba) 1993

11. Tha am Plana a' mìneachadh do mhàladairean is croitearan seilbhe, uachdarain, buidhnean is ionadan **mar** a bhios Coimisean na Croitearachd a' dèanamh cho-dhùnaidhean a rèir reachdais. Tha e a' mìneachadh cuideachd **carson** a dh'fheumas croitearachd a bhith air a riaghladh gu cunbhalach agus gu daingeann, ann an co-rèir ri reachdas croitearachd (agus lagh cùise mar a bhios e a' leasachadh) le bhith a' comharrachadh nam mòran bhuannachdan as urrainn do riaghladh èifeachdach a thoirt gun choimhearsnachd croitearachd.
12. Tha an Coimisean a' tuigsinn gum bi riaghladh croitearachd mòran nas èifeachdaiche ma bhios a cho-dhùnaidhean riaghlaidh gan tuigsinn agus le taic bho ghnìomhan is co-dhùnaidhean bhuidhnean eile. Thathar an dòchas gum bi am Plana:
- Stiùireadh ùghdarrasan planaidh comhairle nuair a bhios iad a' beachdachadh air leasachaidhean fearainn fo chòir croitearachd agus ann an sgrìobhadh am planaichean leasachaidh.
 - Comasachadh Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean (HIE) agus Riaghaltas na h-Alba taic a leasachadh no a liubhairt ann a leithid de dhòigh agus na co-dhùnaidhean riaghlaidh dèante leis a' Choimisean ath-dhaingneachadh, le bhith a' comasachadh croitearachd agus gnìomhachd coimhearsnachd a tha ann an co-rèir ri reachdas croitearachd.
 - Cuideachadh le mìneachadh do Chùirt an Fhearainn ann an Alba na h-adhbharan airson co-dhùnaidhean riaghlaidh leis a' Choimisean – tha Achd 2010 a' solarachadh gum faod Cùirt an Fhearainn ann an Alba aire a thoirt don Phlana ann am beachdachadh air ath-thagraidhean.
 - Cur taic ri obair nam buidhnean a tha ag obair le màladairean agus croitearan seilbhe agus coimhearsnachdan croitearachd, leithid Caidreachas Croitearachd na h-Alba, Aonadh Thuathanaich Nàiseanta na h-Alba, Fearann Coimhearsnachd Alba agus gluasad na h-iomairt sòisealta, agus Fearann is Oighreachdan na h-Alba,

Structar a' Phlana

13. Tha Pàirt 1 a' mìneachadh prìomh phoileasaidhean is àrd-amasan a' Choimisein a thaobh croitearachd thar ùine ann an dreuchd. Tha Pàirt 2 a' toirt mìneachaidhean nas mionaidiche mu na poileasaidhean a chuireas an Coimisean an gnìomh na phrìomh fhuincseanan riaghlaidh gus cuideachadh le a chinn-uidhe a choileanadh. Mar cho-leasachadh don Phlana seo, bidh an Coimisean aon uair 's gu bheil e air aontachadh 's air gabhail ris, a' cur làn fhiosrachadh air a làrach-lìn, mu riatanasan reachdail, pròiseasan agus modhan-obrach do gach seòrsa de thagraidh no riaghailt.

Mìneachaidhean

14. Tha croitearachd làn de dh'abairtean air leth, cuid dhiubh a tha mìnichichte taobh a-staigh na h-Achd. Tha beag-fhaclair de theirmean air a ghabhail a-steach ann am Pàirt 3 den Phlana seo. Ach, dh'fhaodadh e cuideachadh le leughadh a' Phlana seo na leanas a mhìneachadh aig an toiseach:

Croit: Gabhaltas fearainn a tha fo ùmhlachd nan Achdan Croitearachd, nas motha mìnichichte ann an earrann 3 de Achd nan Croitearan (Alba) 1993. Bidh e clàraichte ann an Clàr Croitean a' Choimisein agus cuideachd, aig tachartasan piobrachaidh sònraichte, anns a' Chlàr Croitean air a chumail le Glèidheadair Chlàran na h-Alba.

Croitear: Neach-gabhail clàraichte air croit.

Croitear seilbhe: Bidh neach aithnichte mar chroitear seilbhe ma: tha seilbh aca air croit agus gun robh iad mar neach-gabhail na croite a ghnìomhaich an còir air a' chroit a cheannach, no neach ainmichte le croitear no neach fa leth a cheannaich a' chroit bhon uachdaran co-shuidheachaidh (no iar-theachdaiche le còir do na pearsachan sin). A thuilleadh air an sin, chan fhaod a' chroit a bhith air a leigeil do phearsa sam bith mar chroit, on a fhuair a' chroit bhon uachdaran no comh-shuidhichte mar chroit.

“Sealbhadair-còmhnaidh”: Neach a tha air a c(h)roit a cheannach (no iar-theachdaiche le còir) ach nach eil taobh a-staigh a' mhìneachaidh air croitear seilbhe. Dh'fhaodadh na h-adhbharan airson seo a bhith:

- cha do cheannaich an neach a' chroit iomlan
- tha seilbh aig diofar dhaoine air diofar phàirtean den chroit
- fhuair an neach còir air a' chroit ann an dòigh eile seach tron chroitear no iar-theachdaiche a' chroiteir le còir (mar eisimpleir, fhuair am pàrtaidh còir air a' chroit dìreach bhon uachdaran le gabhaltas na croite a leigeil bhuithe)
- fhuair an neach còir bhon uachdaran co-shuidheachaidh air dòigh eile seach ceannach
- fhuair a' chroit am fearann mar gabhaltas fearainn beag mus tàinig Achd 1955 gu bith.

Tha sealbhadairean-còmhnaidh a-nis mar sheòrsa iarmadach de na sealbhadairean-còmhnaidh ro Achd 2010, nach tàinig gu bhith nan croitearan seilbhe. Mar sin, tha an lagh co-cheangailte ris na sealbhadairean-còmhnaidh sin mar an lagh mar a bha e ro Achd 2010. Tha an Coimisean a' gleidheadh na cumhachd, riatanas a chur air sealbhadair-còmhnaidh fearann/croit sealbhadair-còmhnaidh a leigeil air màl. Cleachdaidh sinn ar n-ùghdarras gus co-dhùnadh cuin a tha e iomchaidh riatanas a chur air sealbhadair-còmhnaidh a c(h)roit a leigeil air màl.

Croit Measta: Nuair a cheannmaicheas croitear a f(h)earann **croite** agus gu bheil na h-earrannan ionaltraidh co-cheangailte ris a' **chroit** sin a' fuireach ann an gabhaltas, tha na còraichean ionaltraidh agus còraichean sam bith co-cheangailte **“measta”** a bhith mar **chroit** air leth nan còir fhèin. Mar sin, tha a leithid sin de **“croitean measta”** a' faighinn inntear air leth ann an Clàr Croitean a' Choimisein (ROC).

Coimhearsnachd Croitearachd

Croitearachd: Na pearsachan uile a (aon no dithis):- (a) aig a bheil gabhaltas croite taobh a-staigh baile-fearainn anns a bheil dà chroit no bnarrachd air an clàradh leis a' Choimisean; (b) aig a bheil earrannan ann am fearann ionaltraidh co-cheangailte ris a' bhaile. (Earrann 61 de Achd nan Croitearan (Alba) 1993)¹

PRÌOMH THÈAMAN

15. Is e riatanas reachdail a th' ann gun lean am Plana Poileasaidh seo air bho na taghaidhean gun Choimisean sa Mhàrt 2017. Tha an cothrom air a bhith aig a' Choimisean meòrachadh agus beachdachadh air eòlas nan còig bliadhna roimhe sin. Tha diofar thèaman air a thighinn am bàrr de chudromachd shònraichte do chroitearachd, agus tha iad sin air am beachdachadh sa cho-chomhairleachadh a ghabh àite ro ullachadh a' Phlana seo. Aig teis-meadhain seo, tha cudromachd fearann croite fhèin, a tha tro a nàdar bunasach don t-siostam croitearachd.

¹ Tha Earrann 71(5) den Achd Ath-leasachadh Fearainn (Alba) 2003 a' solarachadh mìneachadh nas fharsainghe air coimhearsnachd croitearachd airson adhbharan Còir Ceannach air Coimhearsnachd Croitearachd. Feumaidh Coimisean na Croitearachd obrachadh a rèir a' mhìneachaidh air a sholarachadh leis an Achd Croitearachd.

Fearann Croite: Faotainneachd agus cleachdadh

16. Ann am beachd a' Choimisein, tha e cudromach a dhèanamh cinnteach gu bheil fearann croite ri fhaotainn airson còmhnaidheachd croite, àiteachas no adhbhar gnothaicheil eile. Tha seo na ro-riatanas deatamach airson obrachadh èifeachdach air an t-siostam croitearachd. Tha dleastanasan croitearachd a thaobh còmhnaidh air no taobh a-staigh 32 cilemeatair de chroit, àiteachas agus cumail suas croite, agus gun dearmad no mì-fheum croite, air an càradh gus a dhèanamh cinnteach gu bheil croitean air an gabhail agus air an obrachadh. Mar sin, tha an Coimisean a' gabhail ris gu bheil dleastanas air cuideachd gu gnìomh iomchaidh a ghabhail os làimh a thaobh sparradh air na dleastanasan sin, ach sin a dhèanamh ann an dòigh a tha cunbhalach do reachdas agus goireasan a' Choimisein.
17. Tha toinnteachd an reachdais dhleastanasan air a sholarachadh le Achd 2010, agus an duilgheadas an lùib a bhuileachaidh, air an aithneachadh gu tur leothasan a tha a' beachdachadh air tuilleadh ath-leasachaidh air lagh croitearachd.¹ San t-suidheachadh, gabhaidh e a thuigsinn mar a tha poileasaidh a' Choimisein bho 2014 agus às a dhèidh a' brosnachadh fèin-ghèilleadh no fèin-riaghladh a thaobh dleastanasan croitearachd. Ach, mar a tha air a dhèanamh soilleir sna freagairtean co-chomhairleachaidh, tha e a math a bhith a' brosnachadh a leithid sin de ghèilleadh, ach leis fhèin chan eil e a' seachnadh an fheum air sparradh nuair nach eil an dòigh-obrach seo a' liubhairt nan toraidhean a thathar ag iarraidh. Tha an Coimisean a' gabhail ris a' bheachd, agus mar a chithear ann an àiteachan eile sa Phlana, dèiligear ris an fheum air dleastanasan croitearachd a sparradh cho fada 's as urrainn dha. Mar thoradh air sgèile na cùise, agus le aire do riatanasan mhodhan-obrach reachdail toinnte a tha mìnichte ann an Achd 1993, chan eil buaidh aig an seo air goireasan crìochnach, agus feumaidh sinn prìomhachadh agus cuimseachadh air raointean sònraichte sa chiad àite. Cuidichidh am fiosrachadh a gheibhear bho thillidhean fios bliadhnail, no 's dòcha neo-thillidhean, leis a' phròiseas seo.
18. Tha comasachd a' Choimisein de bhith a' dèanamh cinnteach à ìrean còmhnaidheachd nas àirde agus cleachdadh air croitean, cuibhrichte gu sparradh dhleastanasan. Faodaidh sinn leigeil air croitean falamh a dhèanamh riatanach. Tha a leithid sin de dhleastanas an urra ris na h-uachdarain, ach far nach eil gnìomh ga chur an cèill, faodaidh an Coimisean molaidhean leigeil a dhèanamh riatanach agus aig deireadh gnothaich faodaidh an Coimisean fhèin leigeil croitean a ghabhail os làimh.
19. Faodaidh seòrsa eile de fhalamhachd croite toradh ann am molaidhean leigeil. Tha mìneachadh air croitearan seilbhe ann an Achd 2010 a' toirmeasg shealbhadairean croite sònraichte bho inbhe croitearan seilbhe. Mar sin, tha na croitean sin air an cumail le sealbhadairean croite agus chan ann le croitearan seilbhe. Chan eil sealbhadairean buailteach do dhleastanasan croitearachd. Far a bheil fianais nach eil sealbhadairean croite air còmhnaidh ann airson ùine shònraichte agus/no gu bheil a' chroit fo dhearmad, faodaidh an Coimisean ùghdarras a chleachdadh ann an cùisean iomchaidh a chuireas riatanas air an t-sealbhadairean croite a' chroit a leigeil air màl gu neach-gabhail. A-rithist, tha luchd-freagairt co-chomhairleachaidh a' cur taic ris a leithid sin de ghnìomh.
20. Tha aithne fad-amail air an fheum air cothroman a chruthachadh do dh'innteartan ùra gu croitearachd.² A thuilleadh air comas a thaobh solarachadh chothroman do dh'innteartan ùra, mar a chaidh a ràdh, bho thaobh a-staigh an fhaotainneachd làithreach air fearann croite, bho 2007 tha e air a bhith comasach croitean ùra a

¹ Comataidh Eaconamaidh Dùthchail is Co-cheangailteachd Pàrlamaid na h-Alba, Ath-sgrùdadh Phrìomhachasan airson Ath-leasachadh Lagh Croitearachd, 9^m Màrt 2017, duilleag 17.

² Tha na croitean sin falamh a thaobh Earrann 23 (10) de Achd nan Croitearan (Alba) 1993.

chruthachadh. Feumaidh an Coimisean tagraidhean airson croitean ùra a chruthachadh, aontachadh no a dhiùltadh, agus sna bliadhnaichean mu dheireadh, tha e air e fhèin a chuingealachadh gu an dleastanas riaghlaidh seo. Ach, tha luchd-freagairt na co-chomhairle againn air sealltainn gum bu chòir don Choimisean barrachd a dhèanamh gus cruthachadh croitean ùra a bhrosnachadh agus adhartachadh gu gnìomhach. Tha sinn air aithne a thoirt don rùn seo, agus nithear measadh air mar a ghabhas seo a dhèanamh gun toirt air falbh bho bheachdachadh neo-phàirteach sam bith air tagraidhean airson croitean ùra a chruthachadh.

Gleidheadh Fearann ann an Gabhaltas Croitearachd

21. Tha croitearachd a' leantainn le siostam riaghlaidhe oir tha an siostam fhèin ga fhaicinn cudromach agus a' solarachadh raon de bhathar poblach. Mar shiostam de thacan beaga riaghlaidhe agus fearann ionaltraidh coitcheann, tha croitearachd a' cur ri gleidheadh àireamhan-sluaigh dùthchail agus a' cuideachadh leis an eaconamaidh dhùthchail agus an àrainneachd a chumail suas. Tha an siostam fearann croite a' solarachadh bunait chudromach airson taigheadas, tuineachadh coimhearsnachd, còmhla ri stiùireadh fearainn fa leth agus coiteanta. A rèir sin, tha fearann croite aig teis-meadhain an t-siostaim iomlan. Airson an adhbhair sin, tha an Achd ag iarraidh gum feum an Coimisean aire a thoirt do bhuidh atharrachaidhean air an raon iomlan fearainn air a chumail ann an gabhaltas croitearachd, a thaobh seasmhachd croitearachd, ann an coileanadh ar fuincseanan.
22. Gabhaidh fearann a ghluasad a-mach à gabhaltas croitearachd tro phròiseasan di-chroitidh no ath-thòiseachaidh, agus tha poileasaidhean sònraichte aig a' Choimisean co-cheangailte ris na pròiseasan sin. Chaidh duilgheadasan a thaobh seilbheachd air no inbheisteadh ann am fearann croite, a thogail ann an ullachadh Achd 2007 agus bha iad nam prìomh bheachdachaidhean aig a' Chomataidh Rannsachaidh air Croitearachd agus nam pàirt de na cinn-uidhe poileasaidh leis an deach dèiligeadh ann an Achd 2010. Mar thoradh air an sin, tha gluasad fearann a-mach à gabhaltas croitearachd a' fuireach connspaideach, ach tha a' chòir aig croitearan fa leth tagraidhean di-chroitidh a dhèanamh don Choimisean (a thèid a dhearbhadh ann an co-rèir ris an lagh agus poileasaidh bhuntainneach). Tha aig a' Choimisean mar sin ri gnìomh cothromachaidh cudromach a ghabhail os làimh. Tha sinn den bheachd, far a bheil tagradh di-chroitidh dìreach airson fearann a ghluasad a-mach à gabhaltas croite a-mhàin, tha e nas coltaiche nach tèid tagradh di-chroitidh a bhuileachadh. Le taic bhon luchd-freagairt don cho-chomhairleachadh againn, chan eil sinn ga mheas iomchaidh poileasaidhean fa leth a chumadh do dhiofar raointean. Tha na riatanasan reachdail aon-fhillte agus chan eil iad air an deilbh airson raointean sònraichte, ged a thèid spèis a thoirt do shuidheachadh sònraichte gach cùise.
23. Tha lagh cùise gu h-àraid cudromach ann an tagraidhean di-chroitidh, oir tha tagraidhean mar sin air a bhith gu cunbhalach air an ath-thagradh gu Cùirt an Fhearainn. Tha Cùirt an Fhearainn air sealltainn o chionn ghoirid, cuid de na h-adhbharan do am faod di-chroiteadh a bhith air a dhiùltadh: *Bhiodh adhbharan math airson di-chroiteadh a dhiùltadh a' gabhail a-steach cùisean co-cheangailte ri raointean glè mhòr de fhearann a rèir a' chòrr den chroit no a rèir a' mheud de fhearann ri fhaotainn gu h-ionadail, far a bheil an fheum a thèid a thoirt às an fhearann ann an dòigh air choreigin eas-càirdeach do dh'ùidhean croitearachd ionadail, no far a bheil seasmhachd na croite ann an cunnart leis an tagradh a bhuileachadh no far am bi bacadh air iarrtas croitearachd ionadail airson gabhaltas tro bhuileachadh air an tagradh.*¹

¹ MacDhùghaill -v- Coimisean na Croitearachd, SLC 75/14, 26 Cèitean 2016

24. Ged a tha an Coimisean a' cur an cèill an reachdais bhuntainnich co-cheangailte ri tagraidhean di-chroitidh, chan eil e a' gabhail ris a' chonnspaid ma tha croit air a cheannach fo sholaran còir ceannach, gum bu chòir an uair sin a ghluasad bho ghabhaltas croitearachd. Gu dearbh, 's ann a tha e a' nochdadh neo-chòrdail air an aon làimh cruthachadh air croitean ùra a thagradh, ach air an làimh eile croit a ghluasad gu fèin-ghluasadach bho ghabhaltas croitearachd far a bheil croit air a cheannach. Ann an da-rìribh, thuig an reachdas a' comasachadh còir ceannach do chroitearan air an fhearann aca ann an 1976, gum faodadh molaidhean leigeil iarraidh air na sealbhadairean ùra sin, mar uachdarain, agus ma bha croitean seilbhe nam pàirt chudromach agus bhunaiteach den t-siostam croitearachd gu h-ìomlan. Tha sinn air sealltainn a-cheana far am faod e a bhith iomchaidh beachdachadh air a leithid sin de ghnìomh. Tha co-dhùnaidhean roimhe le Cùirt an Fhearainn air sealltainn cuideachd gu bheil na croitean sin air an ceannach, a' fuireach mar phàirt den t-siostam agus den bhun-structar croitearachd. Tha e soilleir nach e dleastanas a' Choimisein cuideachadh anns an t-siostam is bun-structar sin a thoirt às a chèile, ach a leantainneachd agus a sheasmhachd theachdail adhartachadh airson buannachd fad-amail na coimhearsnachd croitearachd (agus a chudromachd a thaobh seasmhachd àireamhan-sluaigh dùthchail agus an eaconamaidh dhùthchail).

Fearann Coitcheann

25. San fharsaingeachd, bidh roinn co-cheangailte aig croit ann am fearann ionaltraidh còmhla ri croitean eile ann am baile-fearainn. Tha fearann ionaltraidh na phàirt cudromach den t-siostam cleachdadh fearainn, agus mar sho-mhaoin coiteanta, tha an cleachdadh is stiùireadh co-roinnte ag iarraidh seòrsa air choreigin de riaghladh. Tha an Coimisean a' solarachadh dleastanas tar-ruigheach ann an stiùireadh a' ghoireis choitcheann seo, mar a tha reachdas ag àithneadh.
- A' leantainn air ùine de dhuilgheadasan nar dleastanas marasglaidh, a bha gu ìre a' dùbhlachadh leud chumhachdan a' Choimisein, tha an Coimisean air a dhleastanas an dà chuid mar riaghladair agus an riaghladh air fearann ionaltraidh, a sgrùdadh. Mar thoradh air an sin, tha an Coimisean a' faicinn a dhleastanas ann an riaghladh fearann ionaltraidh agus comataidhean ionaltraidh, mar a tha iad a rèir riatanasan na h-Achd agus gu h-àraid na tha an Achd ag ràdh a dh'fheumas a bhith ann an riaghailtean fearann ionaltraidh.
26. Gus cuideachadh leis a' phròiseas seo, tha an Coimisean air obrachadh le luchd-ùidhe croitearachd eile gus teamplaid teann de riaghailtean fearann ionaltraidh a sholarachadh airson cleachdadh le comataidhean ionaltraidh. Gu cudromach, on is e raon de mhòr chonnspaid a bha seo, cha tèid an Coimisean an sàs ann an cùisean ionmhasail chomataidhean ionaltraidh, ach a-mhàin na tha an Achd ag iarraidh a thaobh chùisean airson maoinachadh cumail suas agus leasachaidh. Chan eil seo a chionn 's nach e cùisean cudromach a tha seo do chomataidhean ionaltraidh, ach nach e an Coimisean an t-ùghdarras iomchaidh airson dèiligeadh ri cùisean mar sin, agus chan eil reachdas a' cur uallach sònraichte sam bith air a' Choimisean gu cùisean mar sin a riaghladh.
27. Tha an Coimisean dealasach a thaobh dèanamh cinnteach gu bheil an eileamaid chuimsichte seo den t-siostam croitearachd ag obrachadh gu buannachd chroitearan a' co-roinn a' ghoireis. Chun na h-ìre seo, solaraidh an Coimisean taic agus comhairle gus comataidhean ionaltraidh a chuideachadh le an dleastanasan, gus a dhèanamh cinnteach à stiùireadh èifeachdach air fearann ionaltraidh. Tha fearann ionaltraidh daonnan ga fhaicinn mar sho-mhaoin coiteanta do chroitearachd agus chan eil rùn sam bith aig a' Choimisean cothroman a mhùchadh do chroitearan. Ann an da-rìribh, is e a chaochladh a tha fìor; ach, chan urrainn don Choimisean fhèin ach solarachadh agus riaghladh a rèir cumhachan na h-Achd.

PÀIRT 1: CINN-UIDHE RO-INNLEACHDAIL

Ro-ràdh

28. Tha na poileasaidhean a bhios sinn a' leantainn fhad 's a tha sinn a' coileanadh ar dleastanasan riaghlaidh, a' sireadh cothromachd a liubhairt eadar com-pàirtean choimhearsnachdan nas fharsainghe, coimhearsnachdan croitearachd, com-pàirtean croitearachd agus com-pàirtean luchd-gabhail fa leth agus croitearan seilbhe is uachdarain. Cuiridh an Coimisean a chuid ùghdarras an cèill ann an cothromachadh nan com-pàirtean sin.
29. Na cho-dhùnaidhean uile, bidh Coimisean na Croitearachd air a threòrachadh leis an tuigse gur e goireas luachmhor a th' ann an croitean agus san t-siostam croitearachd, a dh'fheumas a bhith air a dhìon agus air àrach do na ginealaichean ri teachd. Is e amas a' Choimisein àm teachdail fada fhaotainn do chroitearachd agus do choimhearsnachdan sna sgìrean croitearachd.
30. Tha an Coimisean làn mhothachail gu bheil atharrachaidhean sgìreil ann an croitearachd, agus gun teagamh gum faod meud, nàdar agus cleachdadh air croitean a bhith glè eadar-dhealaichte taobh a-staigh sgìre sam bith. Tha an Coimisean daingeann a thaobh co-dhùnaidhean a ghabhail gu cunbhalach agus gu cothromach, agus an-còmhnaidh a' gabhail cunntas air an t-suidheachadh anns gach cùis. Mar a chaidh a shealltainn roimhe, chan eil sinn mar sin air coimhead ri diofar phoileasaidhean a thoirt a-steach do dhiofar sgìrean.

Luach Croitearachd

31. Tha croitearachd na phàirt bhunaiteach den bheatha anns a' Ghàidhealtachd 's na h-Eileanan agus is urrainn dha beairteas de bhunnachdan a liubhairt do chroitearan agus don choimhearsnachd chroitearachd sa Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan agus pàirtean ainmichte eile ann an Alba.¹
32. Brosnaichidh siostam croitearachd air a dheagh riaghladh, na buannachdan nas fharsainghe seo:
 - Gleidheadh àireamh-sluaigh tro ghabhaltas air croitean, le buannachdan eaconamach is cultarach co-cheangailte, a' gabhail a-steach cleachdadh na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan Gàidhlig.
 - Fuasglaidhean taigheadais aig ìre reusanta – bidh croitear a' tighinn a-steach gu croit falamh gu h-àbhaisteach airidh air tagradh airson taic tro Thabhartas Taigh Croite agus tagradh airson di-chroiteadh reusanta air fearann.
 - Diofar bhunnachdan àrainneachdail tro chleachdadh seasmhach agus stiùireadh air croitean is fearann ionaltraidh.
 - Toradh meudaichte air stoc agus biadh bho chroitean.
 - Neartachadh air cleachdaidhean stiùiridh co-roinnte.

¹ Dh'ainmich Òrdugh Croitearachd (Ainmeachadh Sgìrean) (Alba) 2010 na sgìrean a leanas mar sgìrean sam faodadh croitean ùra a chruthachadh taobh a-muigh nan sgìrean croitearachd: am pàirt sin de sgìre riaghaltais ionadail na Ghàidhealtachd a tha taobh a-muigh nan sgìrean croitearachd; sgìre riaghaltais ionadail Mhoireibh; sgìre riaghaltais ionadail Earra-Ghàidheal is Bhòid, paraistean Cheann a' Ghàrraidh, Bòd a Tuath agus Baile Bhòid; agus sgìre riaghaltais ionadail Siorrachd Àir a Tuath, eileanan Arainn (a' gabhail a-steach An t-Eilean Àrd agus Plada), Cumaradh Mòr agus Cumaradh Beag.

- Cothromachd do chroitearan fa leth agus do chroitearan seilbhe.

Carson a tha Riaghladh Èifeachdach air Croitearachd Cudromach?

33. Tha na builean rùnaichte le Riaghaltas na h-Alba air am mìneachadh gu soilleir ann am Frèam-obrach 'Alba a' Coileanadh'. Faodaidh pàirt a bhith aig a' Choimisean an seo tro adhartachadh air poileasaidhean is co-dhùnidhean riaghlaidh a bhios:
- Liubhairt leasachadh is èifeachdas leantainneach do phròiseasan a' Choimisein agus freagairteach do chroitearan is feumalachdan choimhearsnachdan croitearachd.
 - Cur ri buileachadh air comas eaconamach agus leasachadh air cothroman cosnaidh ann an sgìrean croitearachd.
 - Cur ri coimhearsnachdan làidir, fulangach agus taiceil far a bheil daoine a' gabhail uallach airson an gnìomhan fhèin agus mar a tha buaidh aca air càch.
 - Brosnachadh tlachd às an àrainneachd nàdarra againn agus cruthan-tìre chultarach còmhla ri bhith gan dìon agus gan neartachadh do na ginealaichean ri teachd.
 - Cur ri targaidean na h-Alba airson an lorg chàrboin a lùghdachadh.
 - Cur ri gleidheadh agus adhartachadh na dearbh-aithne gun choimeas, cànanan traidiseanta, cultar agus eòlas co-cheangailte ri croitearachd.
34. Tha aig Coimisean na Croitearachd a-nis, mar phàirt den Aithisg Bhliadhnail, chan e a-mhàin aithris air coileanadh fhuincseanan, ach cuideachd air:
- Cùisean a tha a' toirt buaidh air coimhearsnachdan croitearachd.
 - An tabhartas a tha croitearachd air cur ri leasachadh seasmhach.
35. Mus dèan iad an aithisg, feumaidh an Coimisean co-chomhairleachadh leis gach Ùghdarras Ionadail anns na sgìrean far a bheil croitean, agus lomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean.

Fuincseanan a' Choimisein

36. Tha an Achd ag iarraidh gum mìnich an Coimisean a phoileasaidhean a thaobh mar a choileanas sinn ar fuincseanan. Ann an coileanadh nam fuincseanan sin, feumaidh sinn a bhith mothachail don ion-mhiannachd air taic a chur ri gleidheadh àireamh-sluaigh sna sgìrean croitearachd agus àiteachan ainmichte eile far a bheil croitean. Feumaidh sinn cuideachd aire a thoirt don bhuidhe aig atharrachaidhean air an raon fearainn iomlan ann an gabhaltas croitearachd, air seasmhachd croitearachd.
37. Is e prìomh dhleastanas a' Choimisein croitearachd a riaghladh, ach tha gach aon de ar fuincseanan agus an comas air buannachdan air am beachdachadh fa leth.

Riaghladh Croitearachd

38. Tha structar riaghlaidhean croitearachd a' cur taic ri siostam gabhaltas fearainn beag-sgèile, a tha a' gleidheadh àireamh-sluaigh stèidhichte air fearann agus a' cur taic ri cleachdadh seasmhach air fearann croite. Tha cudromachd na dreuchd sin air a thaisbeanadh leis an diofar eadar na sgìrean croitearachd agus sgìrean coimeasach eile taobh a-muigh an t-siostaim croitearachd. Mar eisimpleir, chaidh 61% de ghabhaltasan-fearainn ann an Aonach a' Mhònaidh Liath amalachadh bho 1951 – 1971, ach bha stoc iomlan chroitean tro na sgìrean croitearachd air fad air

lùghdachadh dìreach 10.4% bho 1960 – 1994¹ (a dh'aindeoin gun robh amalachadh chroitean air a mheas le cuid mar an t-slighe air adhart do chroitearachd sa phàirt bu thràithe den àm sin).

39. Bho co-dhiù 1955, tha reachdas croitearachd air dìon a thoirt chan ann a-mhàin don chroitear ach cuideachd don chroit mar aonad bunaitich taobh a-staigh an t-siostaim croitearachd gu h-iomlan. Tha seo air taic a bharrachd fhaotainn tro Achd 2010, a dhaingnich cudromachd riaghlaidh air croitean uile (eadar gu bheil croitean fo ghabhail no ann an seilbhe) gu buannachd croitearachd.
40. Sa cho-theacsa seo, tha an siostam croitearachd a' solarachadh bun-structar luachmhor a tha buannachdail do dh'Alba dhùthchail. Ann an coileanadh a dhleastanas riaghlaidh, tha an Coimisean airson a dhèanamh cinnteach gu bheil an siostam seo chan ann a-mhàin air a chumail suas ach cuideachd air a leasachadh. Tha an Coimisean a' leantainn air leis a' bheachd gu bheil trì co-phàirtean cudromach a tha airidh air beachdachadh sònraichte taobh a-staigh a' phròiseis riaghlaidh. Is iad sin:
 - Còmhnaidheachd
 - Cleachdadh Fearainn
 - Stiùireadh Co-roinnte air Goireasan Coitcheann

Còmhnaidheachd

41. Tha àite cudromach agus luachmhor aig structar croitearachd a thaobh gabhail fearainn ann an gleidheadh àireamhan-sluaigh dùthchail. Mar sin, tha an Coimisean a' dèanamh beachdachadh sònraichte air còmhnaidheachd croite ann an coileanadh a dhleastanasan riaghlaidh. Tha an Achd fhèin a' càradh dleastanas air croitearan agus croitearan seilbhe a bhith a' còmhnaidh air, no taobh a-staigh 32 cilemeatair de na croitean aca.
42. Tro riaghladh èifeachdach gus còmhnaidheachd chroitean a dhèanamh cinnteach, is urrainn don Choimisean cuideachadh le cur ri:
 - Solarachadh bunait do chroitearan agus an teaghlaichean airson còmhnaidh, am fearann ùisneachadh airson àiteachas agus iomairtean eile, san fharsaingeachd còmhla ri dòighean cosnaidh eile.
 - Meudachadh air stoc taigheadais ann an coimhearsnachdan croitearachd, tro thogail air taighean croite, le mòran dhiubh a dh'fhaodadh a bhith airidh air taic tro Thabhartas Taigh Croite.
 - Brosnachadh a' chomais, far a bheil sin iomchaidh, airson gnìomhachd eaconamach ann an sgìrean dùthchail, le fàs àireamh-sluaigh a' meudachadh an tionndadh-airgid do ghnòthachasan agus luchd-malairt ionadail.
 - Meudachadh comas gleidhidh no fàs air seirbheisean agus goireasan coimhearsnachd leithid sgoiltean, bùithtean, goireasan coimhearsnachd, tro gleidheadh air àireamh-sluaigh.
 - Meudachadh na h-àireimh de dhaoine le comas air fuireach ann an sgìrean dùthchail.
 - Meudachadh misneachd ann an croitearachd mar dhòigh beatha.

¹ Mac a' Mhaoilein, An Dr Gòrdain; Fearann, Daoine agus Riaghaltas ann an Alba a Tuath: Luachadh air Poileasaidh Croitearachd mar Inneal air Sochair Àireamhan-sluaigh Dùthchail a Chumail Suas ann an Sgìrean Iomallach, An Giblean 1996.

43. Tha an Coimisean den bheachd gu bheil faotainneachd air gabhaltasan le innteartan ùra agus cumail chroitean taobh a-staigh an t-siostaim croitearachd, a' cur taic ri gleidheadh àireamh-sluaigh ann an sgìrean dùthchail.

Cleachdadh Fearainn

44. Tha an siostam croitearachd de dh'àiteachas farsaing beag-sgèile air cur gu mòr ris an àrainneachd, cruth-tìre, eag-eòlas agus bith-iomadachd na Gàidhealtachd agus nan Eilean. Ach, tha an Coimisean a' tuigsinn gum faod crìonadh ann am buain air fearann croite agus lùghdachadh air stoc air fearann ionaltraidh, droch bhuaidh a thoirt air bith-iomadachd. Tha an Achd a' cur riatanas air luchd-gabhail chroitean agus air croitearan seilbhe, an croitean àiteach agus a chumail suas agus gun mì-fheum no dearmad a dhèanamh orra.
45. Tro riaghladh èifeachdach gus a dhèanamh cinnteach gu bheil croitean air an àiteach agus air an cumail suas no air an cur gu feum gnothaicheil eile, agus nach eil iad a' fulang mì-fheum no dearmad, is urrainn don Choimisean cuideachadh le:
- Dèanamh cinnteach gu bheil fearann croite air a chumail ann an deagh staid airson ginealaichean làithreach agus ri teachd.
 - Meudachadh an teachd-a-steach air fhaotainn bho chleachdadh air fearann croite.
 - Brosnachadh luchd-gabhail agus croitearan seilbhe gu goireasan croitearachd a leasachadh agus gnìomhachdan croitearachd coiteanta, innealraidh agus sgilean a cho-roinn.
 - Meudachadh an uimhir de thoradh ionadail air fhàs air a' chroit.
 - Cuideachadh le leasachadh air iomairtean eile air croitean.
 - Bith-iomdachd a ghleidheadh, agus mar a bhios iomchaidh, a neartachadh tro stiùireadh cùramach air an àrainneachd nàdarra, le luchd-gabhail agus croitearan seilbhe.
 - A bhith aireachail mar a bhios riatanach don Achd Gleidheadh Nàdair (Alba) 2004 agus reachdas, riaghailtean is stiùiridhean àrainneachdail eile.

Stiùireadh Co-roinnte air Goireasan Coitcheann

46. Tha croitearachd a' solarachadh cothrom air leth tro fhearann ionaltraidh gu cothrom a ghabhail air na buannachdan a gheibhear bho stiùireadh co-roinnte air an fhearann ionaltraidh. Bha cuideachadh càch a chèile eadar croitearan le gnìomhan croitearachd cumanta aig aon àm agus a' leantainn air ann an àiteachan san latha an-diugh.
47. Tro riaghladh èifeachdach air fearann ionaltraidh agus taic do chomataidhean ionaltraidh, cuidichidh an Coimisean le:
- Leasachadh air stiùireadh fearann ionaltraidh agus togail comas aig ìre baile-fearainn.
 - Meudachadh, mar a bhios iomchaidh, ìrean stuic, gnìomhachd croitearachd air fearann ionaltraidh agus gnìomhachd co-cheangailte air croitean.
 - Neartachadh bailtean-fearainn croitearachd agus ceanglaichean eadar croitearan agus brosnachadh deagh chleachdadh air fearann ionaltraidh.
 - Far a bheil e iomchaidh, a' leasachadh bith-iomadachd tro stiùireadh èifeachdach air stòrasan nàdarra air fearann ionaltraidh.
 - Meudachadh nan cothroman airson coilltearachd agus adhbharan eile air fearann ionaltraidh, le lùghdachaidhean càrboin co-cheangailte agus

buannachdan eaconamach co-cheangailte do chroitearan agus coimhearsnachdan croitearachd.

- Brosnachadh stiùireadh air so-mhaoinean coitcheann.
- Dìon fearann a-staigh a tha nas àrd-chàileachdail tro bhith a' brosnachadh cleachdadh air fearann ionaltraidh do thaigheadas aig prìs reusanta no goireasan coimhearsnachd, ann an co-cheangal ri ùghdarrasan planaidh, mar a bhios iomchaidh.

Ath-eagrachadh Croitearachd

48. Tha an Coimisean den bheachd gum bi am pròiseas co-chomhairleachaidh agus am Bile Ath-leasachaidh Croitearachd ri teachd, fìor dheanamach do mar a dh'fhaodas croitearachd a bhith air ath-eagrachadh agus air obrachadh sna bliadhnaichean a tha a' tighinn. Tha an Coimisean deagh shuidhichte airson comhairle a thabhan air ath-leasachadh reachdas croitearachd mar a bhios sinn a' dèiligeadh dìreach ri gach taobh den ghnìomhadh dhèanadach air reachdas làithreach air bunait leantainneach. Tha an Coimisean mar-thà air tabhartas cudromach a dhèanamh a thaobh Saidhbhear Lagh Croitearachd, a tha air àireamh de cheistean a thogail leis an reachdas a th' ann aig an àm seo.

49. Le bhith a' cuideachadh le ath-leasachadh reachdas croitearachd, bidh an Coimisean:

- Solarachadh mion-fhiosrachadh air duilgheadasan sam bith le reachdas làithreach
- Tabhann fhuasglaidhean practaigeach airson ath-leasachadh reachdail
- Cuideachadh le reachdas ùraichte a sholarachadh a bheir taic do agus a chumas suas croitearachd san 21^{mh} linn.

50. Aig ìre nas sònraichte, dh'fhaodadh gun ath-eagraich an Coimisean bailtean-fearainn croitearachd airson leasachadh nas fheàrr. Tha barrachd mion-fhiosrachaidh mun phròiseas seo ri fhaotainn anns an earrann air poileasaidhean sònraichte.

Adhartachadh ùidhean croitearachd

52. Tha an Coimisean a' tuigsinn gu bheil uallach sònraichte air a' Choimisean gus ùidhean croitearachd adhartachadh agus a' creidsinn gun urrainn seo a choileanadh ann an diofar dhòighean.

53. Tha àite aig a' Choimisean ann am planadh mar phrìomh bhuidheann sna Planaichean Leasachaidh Ionadail, agus mar chomhairliche reachdail do thagraidhean planaidh fa leth air fearann croite. Tha e cudromach sa cho-theacsa seo gu bheil an com-pàirt croitearachd air a riochdachadh agus air adhartachadh aig na h-irean leasachaidhean sin a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air fearann croite.

54. Tha comas air croitean ùra air a chomharrachadh mar bhuannachd do dh'ùidhean croitearachd. Tha an Coimisean deònach am bun-bheachd adhartachadh agus luchd-seilbhe fearainn no feadhainn eile a tha airson croitean ùra a chruthachadh, a chuideachadh far an gabh sin a dhèanamh.

55. Gu bunaiteach, tha an Coimisean a' tuigsinn le bhith ag obair le com-pàirtichean leithid HIE, ùghdarrasan ionadail agus feadhainn eile an sàs ann an leasachadh seasmhach air croitean, is urrainn dha:

- Èifeachdas riaghlaidh a neartachadh

- Ùidhean croitearachd adhartachadh
 - Mothachadh poblach a thogail do bhuannachdan coimhearsnachd nas fharsainghe an t-siostaim croitearachd
 - Am bun-bheachd adhartachadh, gus an raon as fharsainghe de bhuannachdan a liubhairt, gum feum croitearachd a bhith air a riaghladh gu cothromach, a thuilleadh air taic agus leasachadh.
 - Dàimhean obrach soirbheachail adhartachadh eadar croitearan agus uachdarain.
56. Uachdarain – eadar gur e uachdarain priobhaideach no uachdarain coimhearsnachd a th' annta, tha dleastanasan cudromach aca ri choileanadh ann am mòran thaobhan de chroitearachd, agus bidh an Coimisean a' sireadh ri obrachadh còmhla riutha far am bi sin iomchaidh, gus ùidhean croitearachd adhartachadh. Tha Achd 2010 air comas a dhèanamh do Choimiseanair fhastadh gus ùidhean uachdarain chroitean a riochdachadh.
57. A thuilleadh air an sin, dh'fhaodadh gum fastaidh an Coimisean measadairean gus cuideachadh leis a' choileanadh ionadail air ar fuincseanan. Tha an Coimisean dealasach a thaobh obrachadh le measadairean gus a dhèanamh cinnteach gun urrainn dhaibh cur a-steach gu brìgheil do dh'obair a' Choimisein agus àite a' Choimisein ann an adhartachadh croitearachd.

Cumail ath-sgrùdadh air cùisean co-cheangailte ri croitearachd

58. Ged nach eil dreuchd dhìreach aig a' Choimisean ann an liubhairt na taic ionmhasail air a solarachadh do chroitearachd, tha e a' tuigsinn an tabhartais chudromaich a tha seo a' dèanamh do staid croitearachd. Mar thoradh air an seo, bidh sinn a' sgrùdadh agus a' comhairleachadh mar a bhios iomchaidh.
59. Thèid aire shònraichte a thoirt do ullachaidhean leantainneach mu choinneamh tarraing an RA a-mach às an Aonadh Eòrpach agus am beachdachadh a thig às a thaobh sgaoileadh san àm ri teachd air taic àiteachail agus àrainneachdail. Tha e cudromach gu bheil siostam air leth agus eadar-mheasgte croitearachd aithnichte taobh a-staigh nan atharrachaidhean ri teachd ann an liubhairt taic, agus a chomas air taic a chur ri àireamhan-sluaigh dùthchail agus an eaconamaidh. Tha an Coimisean dealasach a thaobh dèanamh cinnteach gun tèid a' chùis airson croitearachd a chluinntinn agus aithnichte sa phròiseas seo.

Dleastanas Aithris

60. Chuir Achd 2010 dleastanasan air Coimisean na Croitearachd gu aithisg bhliadhnail a chur gu Ministearan mu chùisean a' toirt buaidh air croitearachd; air comataidhean ionaltraidh gu aithisg a thoirt gu buil gach còig bliadhna mu staid chroitean, fearann ionaltraidh agus croitearachd sa bhaile-fearainn aca; agus air croitearan a bhith ag aithris gach bliadhna air a bheil iad a' gèilleadh do an dleastanasan. Tha e deatamach do chroitearachd gu bheil aithris mhionaideach a' cur ri leasachadh phoileasaidhean an Rìaghaltais air croitearachd.
61. Bidh an Coimisean ag amas air:
- Mothachadh a thogail san fharsaingeachd do dhleastanasan croiteir no do dhleastanasan croitear seilbhe.
 - Croitearan a bhrosnachadh gu dèanamh cinnteach gu bheil iad a' gèilleadh do an dleastanasan.

- Comataidhean ionaltraidh a bhrosnachadh gu am measaidhean fhèin a dhèanamh air staid croitearachd sa choimhearsnachd aca fhèin agus smaoineachadh gu cùramach air na buaidhean a tha aige.
 - Fèin-riaghladh meudaichte air croitearachd le comataidhean ionaltraidh agus coimhearsnachdan croitearachd a phiobrachadh, gu math na coimhearsnachd aca fhèin.
 - Dealbh shoilleir mu staid croitearachd a thaisbeanadh do Mhinistearan agus do Phàrlamaid na h-Alba.
 - Inbhe croitearachd a thogail.
 - An luach a mheudachadh a tha croitearachd a' cur ri beatha ann an Alba.
62. Tha e deatamach do sheasmhachd croitearachd gu bheil aithris mhionaideach a' cur ri leasachadh phoileasaidhean an Riaghaltais air croitearachd san àm ri teachd. Bheireadh an Coimisean brosnachadh do chroitearan agus comataidhean ionaltraidh uile coimhead ris na dleastanasan aithris sin mar chothrom air croitearachd san àm ri teachd a chumadh, tro chrìochnachadh air na h-aithisgean sin.

PÀIRT 2: POILEASIDHEAN SÒNRAICHTE

Ro-ràdh

63. Tha Coimisean na Croitearachd a' coimhead ri taic a chur ri croitearachd agus coimhearsnachdan croitearachd tro riaghladh cothromach, fosgarra agus cunbhalach. Tha fhuincseanan, a chumhachdan agus a dhleastanasan sa chiad àite mìnichte anns na h-Achdan Croitearachd, agus bho àm gu àm air an soilleireachadh tro dhearbhadh le Cùirt an Fhearainn ann an Alba. Tha an reachdas cuideachd a' mìneachadh dleastanasan nan croitearan agus croitearan seilbhe, agus cumhachdan a' Choimisein a thaobh a bhith a' riaghladh a thaobh ùidhean croitearachd agus na coimhearsnachd croitearachd san fharsaingeachd. Is e adhbhar a' Choimisein ann am foillseachadh a phoileasaidhean agus a mhodhan-obrach, taisbeanadh mar a bhios e a' ruighinn cho-dhùnidhean. Dh'fhaodadh gum bi Plana agus poileasaidhean a' Choimisein buailteach do ath-sgrùdadh a' leantainn air co-dhùnidhean dèante ann an Cùirt an Fhearainn ann an Alba agus cùirtean eile. Faodaidh am Plana a bhith air atharrachadh cuideachd tro cho-chomhairleachadh a bharrachd agus le aonta Ministearan na h-Alba.
64. Is e beachd a' Choimisein gu bheil deagh riaghladh deatamach gus croitearachd a dhìon san àm ri teachd agus coileanadh air amasan a tha mìnichte ann am Pàirt 1 den Phlana seo. Is iad na h-amasan sònraichte ris a bheil deagh riaghladh a' cur taic:
- Dèanamh cinnteach à còmhnaidheachd croite
 - Àiteachas agus cumail suas air croitean
 - Stiùireadh co-roinnte air fearann coitcheann
 - Bacadh air call chroitean agus fearann ionaltraidh
 - Cumail suas fiosrachadh mionaideach, ùraichte agus ruigsinneach air croitean tron Chlàr Croitean.
65. Ann an coileanadh a dhleastanasan, bheir an Coimisean seachad adhbharan agus mìneachaidhean soilleir airson a cho-dhùnidhean, gu h-àraid far a bheil ùghdarras air a chleachdadh.
66. Tha am Pàirt seo a' toirt geàrr-iomradh air mar a chuireas an Coimisean poileasaidhean an gnìomh (taobh a-staigh frèam-obrach an reachdais) na cho-dhùnidhean, anns na fuincseanan sin as motha comais air cur ri ar n-amasan. Chan

e liosta fharsaing de fhuincsean a th' ann, agus chan eil e a' sireadh ris na pròiseasan agus na modhan-obrach co-cheangailte ris gach fuincsean a mhìneachadh gu mionaideach. Tha tuilleadh fiosrachaidh ri fhaotainn air làrach-lìn a' Choimisein (www.crofting.scotland.gov.uk) agus mar notaichean do fhoirm tagraidh sam bith.

67. **RUIG SINNEACHD:** Ann am beachdachadh air tagraidhean, bidh an Coimisean airson a dhèanamh cinnteach gu bheil rèiteachaidhean ruigsinneachd iomchaidh air an solarachadh do fhearann croite sam bith, no far a bheil e iomchaidh, fearann ionaltraidh. Feumaidh a leithid sin de ruigsinneachd a bhith freagarrach do dh'innealraidh àiteachais no eile a tha riatanach airson àiteachas agus cumail suas na croite. Bu chòir do thagraidhean a dhèanamh cinnteach gu bheil ruigsinneachd air a nochdadh gu soilleir agus aon-fhillteach, agus far a bheil e iomchaidh fianais a shealltainn a tha a' nochdadh a leithid sin de rèiteachaidhean. Tha dith coileanadh air na cumhachan sin a choinneachadh buailteach toradh ann an tagradh a bhith air a dhiùltadh.
68. **RIATANASAN COITCHEANN A THAOBH GIULLACHD THAGRAIDHEAN AIRSON AONTA:** Tha Fo-earrann 58A(7) den Achd ag ràdh, mura h-eil solaran sònraichte dèante taobh a-staigh nan earrannan buntainneach den Achd, gum feum an Coimisean aire a thoirt do na leanas ann a bhith a' beachdachadh air tagradh airson cead no aonta:
- (a) Ann an cùis tagraidh co-cheangailte ri croit -
 - (i) A bheil no am bi pearsa sam bith gu h-àbhaisteach a' còmhnaidh air, no taobh a-staigh 32 cilemeatair den chroit;
 - (ii) A bheil no am bi a' chroit ga h-àiteach no air a cur gu feum gnothaicheil eile mar a tha ceadaichte fo earrann 5C(4)
 - (b) ùidhean na h-oighreachd a tha a' dèanamh suas an fhearainn ris a bheil an tagradh co-cheangailte;
 - (c) ùidhean na coimhearsnachd croitearachd ann an nàbaidheachd an fhearainn sin;
 - (d) leasachadh seasmhach na coimhearsnachd croitearachd sin;
 - (e) ùidhean a' phobaill san fharsaingeachd;
 - (f) gearanan sam bith air am faotainn fo fo-earrann (4) no 9 (5A);
 - (g) plana sam bith den Choimisean air aontachadh agus foillsichte fo earrann 2C (i.e. am Plana seo);
 - (h) cùis sam bith eile a tha an Coimisean a' meas buntainneach.¹
68. Far a bheil an Achd a' dèanamh solar sònraichte a thaobh mar a tha tagradh airson aonta gu bhith air a ghiullachd, thèid na Riatanasan Coitcheann fhathast a chur an cèill ach a-mhàin ann cho fada 's a tha iad cunbhalach, agus nach eil iad ann an còmhstri ri riatanasan modha tagraidh shònraichte sam bith.

Dleastanasan Croitearan

69. Feumaidh croitearan uile gèilleadh do dh'àireamh de dhleastanasan reachdail co-cheangailte ri còmhnaidheachd agus stiùireadh air croitean. Gach bliadhna, tha aig croitearan uile ri fiosrachadh air mar a tha iad a' coileanadh nan dleastanasan sin, a thoirt don Choimisean. Tha aig a' Choimisean fhèin ri aithrisean sam bith de neo-gèilleadh do dhleastanas a rannsachadh, agus dèanamh cinnteach à cumail ris na dleastanasan, mura h-eil adhbhar math air a shon. Brosnaichidh an Coimisean

¹ Achd nan Croitearan (Alba) 1993, Earrann 58A(7)

croitearan gu bhith for-ghnìomhach ann an dèiligeadh ri dleastanasan. Far nach eil croitear comasach air gèilleadh do dhleastanas, tha àireamh de roghainnean ri fhaotainn gus seo a chur ceart. Faodaidh còmhnaidheachd a bhith na fhuasgladh fad-amail, an gabhaltas a shònrachadh no far a bheil croit ann an seilbh, an t-seilbheachd a thoirt seachad, no a' chroit a leigeil air màl. Sa gheàrr-ama, tha croitear airidh air tagradh airson fo-leigeil no 'lìos goirid', agus ma thèid aontachadh ris, dèanamh cinnteach gu bheil gèilleadh don dleastanas fad ùine an fho-leigeil no an 'lìos goirid'. Chan eil an Coimisean den bheachd gu bheil fo-leigeil no lìosadh goirid na fhuasgladh fad-amail air gèilleadh dleastanais; gu h-àraid a thaobh dleastanas còmhnaidheachd. Ach, a thaobh dleastanas còmhnaidheachd, dh'fhaodadh e a bhith iomchaidh don chroitear tagradh airson cead a bhith às-làthair bhon chroit airson ùine ainmichte.

70. Tha an Coimisean airson crìoch air gabhaltasan croite no molaidhean leigeil a sheachnadh ma ghabhas sin a dhèanamh. Bidh seo an-còmhnaidh mar fhuasgladh deireannach an dèidh don chroitear cothrom fhaighinn air a' bhriseadh dleastanaisa chur ceart.

Dleastanas Còmhnaidheachd

71. **An Lagh:** Tha na h-Achdan ag iarraidh gum bi croitear gu h-àbhaisteach a' còmhnaidh air no taobh a-staigh 32 cilemeatair de chroit a' chroiteir sin.
72. **Poileasaidh:** Tha an Coimisean a' tuigsinn gum faod adhbharan a bhith ann gu bheil croit às aonais croitear ann an còmhnaidheachd. Mar a chaidh a thaisbeanadh roimhe, tha àireamh de roghainnean fosgailte do luchd-gabhail no do chroitearan-seilbhe, nach eil comasach air an dleastanas còmhnaidheachd a choileanadh san eadar-ama.
73. Ma cho-dhùineas an Coimisean nach eil croitear gu h-àbhaisteach ann an còmhnaidheachd, feumaidh e fios a thoirt seachad mun bhriseadh dleastanais, mura h-eil adhbhar math gun sin a dhèanamh. Nar beachd a thaobh adhbhar math gun nì sam bith eile a dhèanamh, thèid cunntas a ghabhail air suidheachaidhean fa leth agus feartan buntainneach eile. Ceadaidhidh an Coimisean cuideachd ùine reusanta do neach fa leth gèilleadh don dleastanas nuair a gheibhear gealladh sin a dhèanamh. Far a bheil an Coimisean air cead a thoirt mar-thà do fho-leigeil no 'lìos goirid' agus gu bheil iar-neach-gabhail no neach le lìos goirid a' coileanadh an riatanais còmhnaidheachd, gum bi gèilleadh don dleastanas fad na h-ùine sin, ach tha an t-uallach air dèanamh cinnteach gu bheil gèilleadh do na dleastanasan sin, an urra ris a' chroitear. Far a bheil an Coimisean air aonta a thoirt do thagradh airson cead a bhith às-làthair, tha an croitear a' gèilleadh don dleastanas còmhnaidheachd.
74. Tha an dleastanas còmhnaidheachd a' beantainn gu co-ionann do luchd-gabhail agus croitearan seilbhe. Tha riatanas air croitearan ann an lagh tilleadh bliadhnail a chur a-steach chun a' Choimisein, gan comhairleachadh a bheil no nach eil iad a' coileanadh an dleastanasan còmhnaidheachd.
75. Far a bheil e a' measadh neo-ghèilleadh do dhleastanas còmhnaidheachd, tha àireamh de riatanasan practaigeach leis am feum an Coimisean a bhith riarichte:
- Airson adhbhar dearbhaidh a bheil croitear gu h-àbhaisteach a' còmhnaidh ann an co-theacsa croitearachd, tha an Coimisean ag iarraidh gum feum an croitear ìre de leantainneachd agus adhbhar tuinichte a thaisbeanadh – a dh'aindeoin às-làthaireachd tuiteamach no sealach – aig an dachaigh. Thathar a' sùileachadh gum bi taigh air no taobh a-staigh 32 cilemeatair de chroit, gu h-àbhaisteach mar phrìomh àite-còmhnaidh a' chroiteir.

- Ann an suidheachaidhean far a bheil àireamh de dhaoine a' co-roinn seilbheachd na croite iomlan agus gu bheil inbhe croitear seilbhe aca, bidh gèilleadh ann don dleastanas cho fada 's a tha aon de na croitearan seilbhe gu h-àbhaisteach an làthair.

77 Gabhaidh an Coimisean cunntas cuideachd air an t-suidheachadh airson neo-làthaireachd agus dh'fhaodadh gun tèid beachdachadh air 'adhbharan matha' gun nì a dhèanamh mu dheidhinn, a' gabhail a-steach, mar eisimpleir, far a bheil adhbharan meidigeach no uallachaidhean teaghlach a tha a' cur bacadh air còmhnaidheachd làithreach air a' chroit thar ùine chuibhrichte no tha suidheachaidhean fa leth eile ann a tha airidh air beachdachadh.

Cead a Bhith Às-làthair

78. Beachdaichidh an Coimisean air tagraidhean airson cead a bhith às-làthair agus tha e a' tuigsinn gum faod adhbharan dligheach nach eil croitear comasach air còmhnaidh air croit airson ùine reusanta. Ach, feumaidh an Coimisean a bhith riarachtaichte gu bheil adhbhar math ann a bhith às-làthair agus bidh an ùine a tha ceadaichte a bhith às-làthair an urra ri suidheachadh sònraichte gach cùise. Bidh leudachadh sam bith ag iarraidh tagradh eile. Bidh cead a bhith às-làthair, ma thèid a cheadachadh, buailteach do chumhachan agus dh'fhaodadh gun tèid iarraidh air tagraiche fianais a nochdadh gum bi a' chroit air a h-àiteach no air a cur gu feum gnothaicheil eile aig àm an às-làthaireachd. Am measg adhbharan matha a bhith às-làthair air as dòcha a bheachdaicheas an Coimisean, tha:

- Far a bheil adhbharan meidigeach a tha a' cur bacadh air còmhnaidheachd àbhaisteach air, no taobh a-staigh 32 cileameatair den chroit
- Far a bheil an croitear a' gabhail trèanadh no cùrrsa foghlaim os làimh a tha ag iarraidh còmhnaidh air falbh bhon chroit airson ùineachan fada
- Far am faod an croitear a bhith ag obair air falbh airson ùine fo chùmhant
- Far a bheil a' chroit air a sònrachadh no air a ceannach o chionn ghoirid agus nach eil an croitear comasach air còmhnaidheachd a ghabhail sa bhad.

79 Far an co-dhùin neach an sgìre fhàgail, faodaidh iad roghnachadh an taigh croite aca a chumail tro thagradh stiùireadh di-chroitidh airson làrach reachdail an taighe, agus a' chroit a shònrachadh no a toirt seachad.

80 Tha an Coimisean a' tuigsinn gum faod adhbharan a bhith ann gu bheil croit às aonais croitear còmhnaidh. Tha àireamh de roghainnean fosgailte do luchd-gabhail no do chroitearan seilbhe, nach eil comasach air an dleastanas còmhnaidheachd a choileanadh san eadar-ama. Tha an Coimisean airson crìochnachadh ghabhaltasan no feum air molaidhean leigeil a sheachnadh, ma ghabhas e a dhèanamh. Bidh seo an-còmhnaidh mar an gnìomh deireannach an dèidh don chroitear cothrom fhaighinn am briseadh dleastanais a chur ceart.

Dleastanas Àiteach agus Cumail Suas

81 Faodaidh fàillingeadh air àiteach agus cumail suas fearainn anns na suidheachaidhean gnàth-shìde a tha bitheanta sa Ghàidhealtachd 's na h-Eileanan, leantainn gu luath gu call air torrachd, drùdhadh uisge agus tionndadh gu fearann preaslach. Tha an Coimisean a' meas an dleastanais gu àiteach agus cumail suas fearainn no a chur gu feum gnothaicheil, mar phrìomhachas a tha nochdte sa phoileasaidh aca.

- 82 **An Lagh:** Tha an Achd ag aithris gum feum croitearan an croit àiteach agus a chumail suas no a chur gu feum freagarrach gnothaicheil eile.¹ Feumaidh croitearan tilleadh bliadhnail a chur a-steach chun a' Choimisein a' daingneachadh a bheil no nach eil iad a' coileanadh an dleastanas a thaobh an croitean àiteach agus a chumail suas.
- 83 **Poileasaidh:** Thèid aithrisean fìor air dìth àiteach is cumail suas chroitean a rannsachadh, agus far an tèid sin a dhearbhadh, sparraidh an Coimisean an riatanas croitean àiteach agus a chumail suas, mura h-eil adhbhar math gun sin a dhèanamh. Bidh an sparradh ag iarraidh gun tèid gealladh a thoirt seachad gus a dhèanamh cinnteach gun tèid an suidheachadh a chur ceart taobh a-staigh raon-ama shònraichte. Dearbhaidh an Coimisean a bheil a' chroit ga h-àiteach agus air a cumail suas, mar a tha mì-nichte leis an Achd, no air a cur gu feum gnothaicheil eile, a' gabhail comhairle speisealaichte iomchaidh nuair a tha sin riatanach. Bidh croitear a' cleachdadh croit airson adhbharan glèidhteachais no coilltearachd ann an dòigh phlanaichte agus stiùirichte – a' gabhail a-steach ath-ùrachadh nàdarra – a' gèilleadh don dleastanas a thaobh a' chroit àiteach agus a chumail suas.
- 84 Dh'fhaodadh gun gabh an Coimisean fianais bho chomataidhean ionaltraidh agus eile mar a bhios riatanach, ann an dearbhadh a bheil croitean gan àiteach agus air an cumail suas. Ceadaichidh an Coimisean ùine reusanta do chroitean nach eil air an àiteach agus a tha air an droch chumail suas, a bhith air an toirt air ais gu staid mhath. Ceadaichidh e cuideachd do chroitearan nach eil comasach air an croitean obrachadh gu h-iomlan, àm reusanta airson cuideachadh a shireadh.
- 85 Chan eil croitear sam bith aig a bheil cead a bhith às-làthair bhon chroit, air fhuasgladh bho na dleastanasan a thaobh a' chroit àiteach agus a chumail suas. Ann an suidheachaidhean mar sin, tha e coltach gum bi an cead a bhith às-làthair a' gabhail a-steach chumhachan gus stiùireadh ceart air a' chroit a dhèanamh cinnteach, rè an às-làthaireachd cheadaichte. Tha croitear airidh air tagradh airson fo-ghabhail, no ann an cùis croitear seilbhe, lios goirid air a' chroit rè ùine. Dh'fhaodadh seo a dhèanamh cinnteach gun tèid gèilleadh don dleastanas còmhnaidheachd agus an dleastanas a thaobh croit àiteach agus a chumail suas.

Dleastanas Mì-fheum no Dearmad a sheachnadh

- 86 **An Lagh:** Chan fhaod croitear mì-fheum no dearmad a dhèanamh air a c(h)roit. Tha croitear a' dèanamh mì-fheum air a' chroit nuair a thathar a' cleachdadh na croite a dh'aon ghnòthaich agus le làn aithne airson adhbhar seach àiteach no adhbhar nach d' fhuair cead ceart. Tha croitear a' dèanamh dearmad air croit far nach eil a' chroit air a stiùireadh gu ìre deagh àiteachais agus deagh shuidheachadh àrainneachdail.
- 87 **Poileasaidh:** Rannsaichidh an Coimisean aithrisean creideasach air mì-fheum no dearmad, agus far a bheil sin dearbhte, bidh riatanas ann an suidheachadh a chur ceart taobh a-staigh ùine reusanta. Thèid aithne airidheil a thoirt do ghlèidhteachas ùghdarrachtaichte, planaichte agus stiùirichte air croitean, mar a tha nochdte san reachdas, agus cha tèid dèiligeadh ris an seo mar mì-fheum no mar dhearmad.
- 88 Thèid aithne a thoirt do shuidheachadh fa leth gach croitear, agus thèid beachdachadh orra sin a thaobh riatanas sam bith an lùib mì-fheum no dearmad air croit, a chur ceart.

¹ Tha àiteachas agus cleachdadh gnothaicheil le chèile air am mìneachadh ann an earrann 5C(8) de Achd nan Croitearan (Alba) 1993. Tha na mìneachaidhean sin ann am beag-fhaclair a' Phlana seo.

Gearanan Brisidh air Dleastanas Reachdail

- 89 **An Lagh:** Faodaidh uachdaran no ball sam bith den choimhearsnachd croitearachd gearan a thogail leis a' Choimisean mu bhriseadh air cumhachan reachdail, seach fàillingeadh air màl a phàigheadh.
- 90 **Poileasaidh:** Faodaidh an Coimisean gearanan dligheach a rannsachadh. Ann an co-dhùnadh a dhol air adhart, beachdaichidh an Coimisean air nàdar a' ghearain agus a bhuaidh air a' chroit shònraichte agus air a' choimhearsnachd nas fharsainghe. Tha cothrom aig uachdarain cuideachd tagradh a dhèanamh dìreach gu Cùirt an Fhearainn far am faod croitear a bhith air cumha reachdail a bhriseadh no neo-gèilleadh do dhleastanas croiteir.

Clàradh Croitean

- 91 Tha an lagh a' dèanamh cothrom do chroitean a bhith clàraichte ann an dà shiostam co-phàirteach. Tha an Coimisean a' cumail Clàr Croitean fo earrann 41 de Achd 1993, agus Clàran Alba (RoS) a' stèidheachadh Clàr Croitean fo earrann 3 de Achd 2010. Is e am prìomh dhiofar gur e an Clàr Croitean a-mhàin anns a bheil mapaichean den fhearann. Tha cothrom aig a' phoball air an dà chlàr.

Clàr Croitean (air a chumail le Coimisean na Croitearachd)

- 92 **An Lagh:** Tha dleastanas air croitearan fiosrachadh a thoirt do Choimisean na Croitearachd le iarraidh, mu mheud, màl agus gabhaltas air an tac, seilbheachd no gabhail air agus a leithid sin de fhiosrachadh eile a bhios an Coimisean gu reusanta ag iarraidh. Dh'fhaodadh gum bi fàillingeadh air a leithid sin de fhiosrachadh a chur a-steach, na oilbheum. Tha a leithid sin de fhiosrachadh air iarraidh leis a' Choimisean mar phàirt de a dhleastanas a thaobh an Clàr Croitean a chur ri chèile agus a chumail suas.
- 93 **Poileasaidh:** Feumaidh clàr mionaideach agus ùraichte air tac sònraichte a bhith sa Chlàr Croitean, mus beachdaich an Coimisean air tagraidhean. Ann an cùisean far nach eil an clàr mionaideachd no ùraichte, bidh an Coimisean ag iarraidh gum bi an clàr air ùrachadh agus a' sireadh an fhiosrachaidh a tha ri fhaotainn, agus ma bhios sin riatanach, tuilleadh fianais bhon tagraiche no feadhainn eile (gu h-àbhaisteach tro mheadhan nan tillidhean bliadhnail bhuntainneach).

Clàr Croitean (air a chumail le Clàran Alba)

- 94 Tha an Clàr Croitean stèidhichte air mapa agus a' solarachadh clàr mionaideach de mheud an fhearainn taobh a-staigh a' ghabhaltais fearainn. Tha uallach a' Chlàir Croitean air Clàran Alba ach tha làmh aig a' Choimisean san obair. Gu h-àraid, bidh an Coimisean a' faighinn thagraidhean agus phàighidhean airson clàradh croitean agus gan cur air adhart gu Clàran Alba; agus a thaobh clàradh fearann ionaltraidh (ach a-mhàin Fearann Ionoltraidh Ùr), is e an Coimisean fhèin an tagraiche. Bheir an Coimisean air adhart tuilleadh chlàraidhean air fearann ionaltraidh mar a cheadaicheas a stòras, ach tha e an eisimeil luchd-ùidhe ionadail, a' gabhail a-steach comataidhean ionaltraidh agus uachdarain, gu cuideachadh le dèanamh cinnteach gu bheil mapaichean ceart.
- 95 Tha a' mhòr-chuid de thagraidhean gu Coimiseann na Croitearachd a-nis ag iarraidh gun clàr an tagraiche a' chroit agus atharrachaidhean sam bith air a' chroit às dèidh

sin, air Clàr Chroitean Chlàran Alba. Fiù ged a bheireadh an Coimisean aonta seachad, fàgaidh fàillingeadh air clàradh an t-atharrachadh neo-bhrioghmhor.

Di-chroiteadh

- 96 Tha tagraidhean di-chroitidh uile – a bharrachd air tagraidhean fo earrann 17 no 18 de Achd nan Croitearan (Alba) 1955 (“gabhailean Earrann 17 no 18”) no a thaobh làrach taighe is fearann gàrraidh reachdail – buailteach do dh’ùghdarras a’ Choimisein. Tha Achd nan Croitearan (Alba) 1993, a chaidh atharrachadh gu brioghmhor leis an Achd Ath-leasachaidh Croitearachd (Alba) 2010, a’ mìneachadh nan riaghailtean a tha a’ riaghladh tagraidhean di-chroitidh agus na diofar fheartan air an gabh an Coimisean cunntas aig àm dearbhaidh tagraidhean. Ann an tagraidhean uile, seach na seòrsaichean sònraichte de tagraidhean di-chroitidh air am mìneachadh gu h-àrd, cleachdaidh an Coimisean ùghdarras gus ùidhean dligheach an tagraiche a chothromachadh leis na feartan reachdail air am feumar a bhith mothachail, a’ gabhail a-steach ùidh choitcheann na coimhearsnachd croitearachd san sgìre, agus gu h-àraid an t-iarrtas, ma bhios gin ann, airson gabhantas croite bho phearsachan ris am biodh dùil gu reusanta air a leithid sin de ghabhantas fhaighinn, nam biodh a’ chroit air a tabhann airson leigeil air màl air a’ mhargaid fhosgailte air a’ cheann-latha nuair a tha an Coimisean a’ beachdachadh air an tagradh. Na mheasadh air iarrtas, dh’fhaodadh gum beachdaich an Coimisean air aithrisean mu iarrtas bho mheasadairean is eile, a thuilleadh air iarrtasan bho dhaoine fa leth mar fhreagairt do shanasachd air a’ mholadh di-chroitidh. Cha ghabh an Coimisean ris gu bheil dìth iarrtas foirmeil na fhianais nach eil iarrtas coitcheann ann airson gabhantas croite. Tha an Coimisean a’ tuigsinn gu bheil croitean a’ solarachadh goireas cudromach do ghinealaichean de chroitearan ri teachd agus gum faod call chroitean bhon t-siostam croitearachd seasmhachd croitearachd san fhad-ama a lagachadh.
- 97 Cuiridh an Coimisean an reachdas an gnìomh ach beachdaichidh iad cuideachd air firinnean agus suidheachadh làithreach gach diofar tagradh ann an cur an cèill ùghdarras. Is e na feartan a thaobh reachdais air am feum an Coimisean beachdachadh ann an coileanadh fhuincseanan reachdail, a’ gabhail a-steach aire a thoirt do bhuidhean nan atharrachaidhean fearainn ann am farsaingeachd, a tha air a ghleidheadh ann an gabhantas croite, air seasmhachd croitearachd agus an ion-mhiann air taic a chur ri gleidheadh àireamh-sluaigh anns na sgìrean croitearachd. Gabhaidh an Coimisean cunntas ann an dearbhadh an tagraidh, mar a bhios iomchaidh, air gearanan sam bith a fhuair mar fhreagairt do shanasachd poblach air an tagradh.
- 98 Far a bheil an t-adhbhar aithrisichte airson di-chroiteadh airson a bhith a’ cleachdadh an fhearainn mar ghoireas airson taigh-còmhnaidh, air no mar a bha air a’ chroit, cha toir an Coimisean aonta gu h-àbhaisteach do tagraidhean sam bith a thaobh far am biodh am fearann goireis agus an làrach taighe is fearann gàrraidh reachdail di-chroitichte (no far a bheil e buntainneach, farsaingeachd an taigh-còmhnaidh air a ghabhail air ais), nas motha na bhiodhte a’ beachdachadh gu h-àbhaisteach ann an àite sònraichte sam bith mar a bhith na mheud iomchaidh airson taigh-còmhnaidh agus fearann gàrraidh.
- 99 Tha an Coimisean ag amas air fearann a dhìon bho bhith caillte do chroitearachd. Tha tagradh di-chroitidh a’ gluasad an fhearainn, air a bheil a’ tagradh, bho ghabhantas croite gun tilleadh. Tha an Coimisean a’ gabhail beachd fad-amail ann an dearbhadh tagraidhean, agus cuiridh iad ùghdarras an cèill airson beachdachadh, am measg fheartan eile, air buannachdan an lùib na croite a chumail (no pàirt dheth) mar phàirt den iomlan de fhearann croite san nàbaidheachd. Tha tagraidhean a tha

dèante dìreach airson an adhbhair a' chroit, no pàirt den chroit, a thoirt a-mach à gabhantas croite, coltach a bhith air an diùltadh.

- 100 Dh'fhaodadh gun cuir an Coimisean cumhachan air stiùireadh di-chroitidh sam bith, a' gabhail a-steach cumhachan a tha co-cheangailte ri cleachdadh fearann a tha ri dhi-chroiteadh.
- 101 Dh'fhaodadh gun atharraich an Coimisean tagradh sam bith a thaobh mar a tha stiùireadh tagraidh air a thoirt, mar a bhios e am meas iomchaidh.
- 102 Cha dèan an Coimisean di-chroiteadh gu h-àbhaisteach air roinn ionaltraidh air a bheil còir aig tagraiche, agus air a ghabhail a-steach taobh a-staigh tagradh di-chroitidh. Tha seo a chionn 's gu bheil a' meas a' chòir ionaltraidh mar phàirt de ghoireas coiteanta agus gun adhbhar fhaicsinneach sam bith air a choileanadh le ghluasad bho gabhantas croite. Thathar a' comhairleachadh do thagraichean a tha air còir roinn san fhearann ionaltraidh a cheannach a thuilleadh air fearann croite, tagradh di-chroitidh sam bith a chuibhreachadh gu fearann croite a-mhàin, às aonais còraichean ionaltraidh no còraichean sam bith eile (mar chòraichean buain mhònadh) co-cheangailte ris a' chroit.

Di-chroiteadh – Làrach Taigh Croite is Fearann Gàrraidh

- 103 **An Lagh:** Tha an Achd ag iarraidh gun dèan an Coimisean stiùireadh di-chroitidh far a bheil an tagradh co-cheangailte ri làrach an taigh croite agus iad riarachtaichte gu bheil meud fearann gàrraidh taobh a-staigh an làraich, iomchaidh airson toileachadh reusanta leis an taigh-còmhnaidh mar dhachaigh. Chan urrainn do làrach a bhith na làrach taighe is fearann gàrraidh reachdail ach far a bheil taigh-còmhnaidh dìonach bho ghaoth is uisge an làthair mar-thà, air a' chroit. Chan urrainn do làraichean air a bheil taighean gu bhith air an togail, an di-chroiteadh ach fo thagraidh dèante fo earrannan 24(3) agus 25(1)(a).
- 104 **Poileasaidh:** Cha toir an Coimisean aonta do thagraidhean ach far a bheil iad riarachtaichte gu bheil meud na farsaingeachd iomchaidh (le aire, far a bheil sin iomchaidh, do mheud cuibheasach làraichean taighe san nàbaidheachd) agus gu bheil ruigsinneachd cothromach air a' chroit. Thèid cunntas a ghabhail air meud na croite, càileachd na farsaingeachd fearainn a tha molta agus a làrach taobh a-staigh na croite.

Sònrachadh

- 105 **An Lagh:** Feumaidh croitear cead a' Choimisein fhaotainn airson an croit a shònrachadh do phearsa eile, agus feumaidh iad fios a thoirt don Choimisean air far am bi an t-ainmniche gu h-àbhaisteach a' còmhnaidh, agus fiosrachadh sam bith eile a thoirt don Choimisean.
- 106 **Poileasaidh:** Ann am beachdachadh air tagraidhean sònrachaidh, cuiridh an Coimisean na riatanasan coitcheann agus a phoileasaidhean air còmhnaidheachd, cleachdadh fearainn agus stiùireadh co-roinnte, an cèill. Bu chòir don tagradh sealltainn gu bheil an t-ainmniche molta comasach air agus an dùil gèilleadh do dhleastanasan reachdail uile, agus gu h-àraidh gu bheil e no i an dùil a bhith gu h-àbhaisteach a' còmhnaidh air no taobh a-staigh 32 cilemeatair den chroit, agus a' chroit àiteach agus a chumail suas no a chur gu feum gnothaicheil aig a bheil cead earrann 5C(4). Faodaidh an t-ainmniche molta fuireach an àiteigin eile rè an t-sònrachaidh, ach feumaidh an Coimisean a bhith riarachtaichte gu bheil an t-ainmniche an dùil an dleastanas còmhnaidheachd a choileanadh taobh a-staigh ùine reusanta, agus dh'fhaodadh cumha a ghabhail a-steach gum bi an dleastanas seo air a choileanadh taobh a-staigh ùine shònrachtaichte. Cha toir an Coimisean aonta san

fharsaingeachd do shònrachadh far a bheil adhbhar aige a bhith a' creidsinn gum bi an t-ainmniche molta às-làthair bhon chroit, no ann an dòigh eile nach gèill do an dleastanasan croitearachd.

- 107 Ann am beachdachadh air tagraidhean sònrachaidh, dh'fhaodadh gun gabh an Coimisean cunntas air an àireamh de chroitean a tha aig an ainmniche mar-thà (mar neach-gabhail no mar chroitear seilbhe). Cha chuir adhartachadh a' Choimisein air gleidheadh àireamh-sluaigh agus còmhnaidheachd mheudaichte bacadh air iomaghabhaltasan/còmhnaidhean air croitean, fhad 's a tha an Coimisean riarachd gu bheil seo gu soirbheachadh farsaing croitearachd agus na coimhearsnachd croitearachd.

Leigeil no Fo-leigeil air Croit

- 108 **An Lagh:** Chan fhaod croitear seilbhe a' chroit a leigeil air màl, no croitear a' chroit fho-leigeil, às aonais cead a' Choimisein. Faodaidh croitear gabhail tagradh airson croit fho-leigeil suas ri 10 bliadhna, agus faodaidh croitear seilbhe tagradh airson lios goirid airson an h-ùine cheudna. Far a bheil croit buailteach do a leithid sin de lios, tha uallach airson gèilleadh do dhleastanasan air a' chroitear.
- 109 **Poileasaidh:** Ann am beachdachadh air tagraidhean, cuiridh an Coimisean na riatanasan coitcheann agus a phoileasaidhean air còmhnaidheachd, cleachdadh fearainn agus stiùireadh co-roinnte an cèill, agus gabhar cunntas air an iarrtas airson croitean san sgìre. Dh'fhaodadh gun gabh an Coimisean cumha a-steach san fho-leigeil no san lios – a' gabhail a-steach an ùine – mar a tha iad a' meas iomchaidh.
- 110 Gus a dhèanamh cinnteach gu bheilear a' beachdachadh air fiosrachadh buntainneach uile na cho-dhùnidhean, far a bheil croit no fearann àitich eile ri fhaotainn leis an neach-gabhail, fo-neach-gabhail no gleidheadair lios goirid molta, dh'fhaodadh gun gabh an Coimisean cunntas air mar a tha am fearann sin air àiteach no air a chumail suas.

Roinn

- 111 **An Lagh:** Tha roinn air croit ag iarraidh cead a' Choimisein. Feumaidh roinn toradh anns a' chroit thùsail a bhith a' dèanamh suas dà chroit ùr no barrachd.
- 112 **Poileasaidh:** Tha an Coimisean a' tuigsinn gum faod, ann an cuid de shuiheachaidhean, roinn chroitean amas air gleidheadh àireamh-sluaigh a neartachadh agus cothroman a sholarachadh do dh'innteartan ùra gu croitearachd.
- 113 Cuiridh an Coimisean na riatanasan coitcheann agus an ùghdarras an cèill gus co-dhùnadh air gach tagradh airson roinn, air an airidheachd fhèin. Ach, chan àbhaist don Choimisean aonta a thoirt do roinnidhean mura h-eil iad riarachd nach bi a' chroit air a briseadh sìos ann an aonadan neo-sheasmhach, oir tha an Coimisean a' tuigsinn gu bheil smachd ceart air roinn chroitean a' cur bacadh air briseadh sìos neo-riatanach air fearann croite. Beachdaichidh iad air na feartan a leanas, am measg fheadhainn eile, ann am measadh nan cùisean do am feum an Coimisean a bhith aireachail, a thaobh earrann 58A(7) den Achd:-
- meud chroitean ùra ri bhith air an cruthachadh tro roinn
 - càileachd fearann chroitean ùra ri bhith air an cruthachadh
 - cleachdaidh(ean) ris a bheil na croitean ùra ri bhith air an cur

- buaidh, far a bheil sin iomchaidh, a thaobh cleachdadh air roinn(ean) co-cheangailte ann am fearann ionaltraidh.
- 114 Far a bheil roinn ionaltraidh a' dèanamh suas pàirt den chroit, cha tèid tagradh a mheasadh coileanta, mura h-eil e a' fiosrachadh gu mionaideach na tha san amharc don roinn.
- 115 Cuiridh an Coimisean a phoileasaidh coitcheann air ruigsinneachd an cèill, gus a dhèanamh cinnteach gu bheil an ìre ruigsinneachd riatanach ri fhaotainn aig croitean ùra uile.
- 116 Cuiridh an Coimisean, far a bheil e iomchaidh, a phoileasaidhean air seasmhachd agus leasachadh seasmhach an cèill.
- 117 Far a bheil an Coimisean ga mheas riatanach air croit a roinneadh, mar phàirt den phròiseas Sparradh Dhleastanasan, cha bhi na stiùiridhean sin freagarrach. Tha an goireas seo ri fhaotainn airson adhbhar sònraichte, mar chomas do chroitear ann am briseadh air an dleastanasan, an taigh croite aca a chumail.

Croitean Falamh

- 118 **An Lagh:** Tha feum aig uachdaran croite air aonta on Choimisean gus croit no pàirt sam bith den chroit a leigeil air màl. Far a bheil croit air a bhith falamh¹ airson còrr air mìos, faodaidh an Coimisean fios a thoirt don uachdaran ag iarraidh air, taobh a-staigh 2 mhìos, molaidhean airson ath-leigeil air a' chroit a chur a-steach. Faodaidh triùir luchd-gabhail molta aig a' char as àirde, a chur a-steach.
- 119 **Poileasaidh:** Obraichidh Coimisean na Croitearachd le uachdarain croitearachd agus sealbhadairean fearainn gus am brosnachadh gu croitean falamh a leigeil, agus far a bheil e iomchaidh, croitean a leigeil a tha falamh mar thoradh air fàilligeadh ann an leantainneachd. Far an cur Coimisean na Croitearachd a chumhachdan reachdail an gnìomh gus croit a ghairm falamh, thathar an dùil gun cuir an t-uachdaran a-steach molaidhean air a' chroit a leigeil, mar a bhios riatanach. Thathar an dùil a bharrachd air sin, nuair a tha aig uachdaran ri moladh air croitean falamh a leigeil a chur a-steach, faodar cothrom a thoirt dhaibhsan a tha a' sireadh croitean san nàbaidheachd sin, an ùidh a chlàradh leis an uachdaran.
- 120 Tha an Coimisean a' tuigsinn gum faodadh ceannach roimhe air croitean no air pàirtean de chroitean, leantainn gu daoine diofraichte fa leth le seilbh air diofar phàirtean den aon chroit. Mar thoradh air an sin, chan eil inbhe croitear seilbhe aig àireamh de shealbhadairean croite no de shealbhadairean pàirtean chroitean. Gus a bhith nad chroitear seilbhe tha e riatanach seilbh a bhith agad air a' chroit iomlan. Tha a' chroit fhèin a' fuireach na h-aonad singilte a dh'aindeoin àireamh de dhiofar shealbhadairean fa leth. Tha uallach a' Choimisein na laighe a thaobh fireantachd na croite a chumail suas, agus mar sin cha bhi tagradh airson pàirt de chroit a leigeil, gu h-àbhaist air aontachadh mura bi buannachd do chroitearachd san nàbaidheachd sin, air a thaisbeanadh.
- 121 Faodaidh an Coimisean cunntas a ghabhail cuideachd air mar a tha fearann neach-gabhail molta air àiteach agus air a chumail suas gu làithreach, ann an suidheachaidhean far a bheil cothrom aig a leithid sin de dhaoine fa leth air fearann croite no fearann àitich eile. Ann a leithid sin de shuidheachadh, beachdaichidh an Coimisean air leasachadh seasmhach na coimhearsnachd croitearachd sin.

¹ Tha mìneachadh air croit falamh air a thoirt ann am Pàirt 3: Poileasaidh Eadar-mhìneachaidh air Prìomh Fhacail

- 122 Far a bheil an t-uachdaran a' fàilligeadh air a' chroit ath-leigeil agus gu bheil an Coimisean a' gabhail a' phròiseis thairis, cleachdaidh e ri a riatanasan leigeil fhèin. Ann an dèanamh sin, bidh an Coimisean a' sùileachadh gum bi na sgilean riatanach agus an comas aig neach-gabhail sam bith, no air a thogail, airson croit a ruith. Tha e cudromach gum bi an neach-gabhail gu h-àbhaisteach a' còmhnaidh taobh a-staigh na còimhearsnachd croitearachd shònraichte agus a' cur ri stiùireadh air goireasan, agus ri seasmhachd na coimhearsnachd croitearachd sin. Feuchaidh an Coimisean ri innteartan ùra a tha freagarrach a thoirt a-steach do chroitearachd, agus ann an dèanamh sin, a bhith a' cuideachadh le àireamhan-sluaigh a ghleidheadh agus a chumail suas ann an sgìrean croitearachd.

Croitean Ùra

- 123 **An Lagh:** A' leantainn air tagradh bhon t-sealbhadair, faodaidh an Coimisean fearann a cho-shuidheachadh sna sgìrean croitearachd no ann an raon eile ainmichte gu sònraichte mar fhearann croite. Is urrainn don Choimisean gabhail ri tagraidhean bho neach-gabhail tac fearainn beag ann an raon a tha ainmichte airson gabhaltas croite.
- 124 **Poileasaidh:** Nì an Coimisean beachdachadh sònraichte air cruthachadh chothroman croitearachd tro chruthachadh air croitean ùra. Bidh an Coimisean a' coimhead ri dèanamh cinnteach gun lean cruthachadh croitean ùra gu gleidheadh no leasachadh àireamh-sluaigh agus cleachdadh èifeachdach air fearann airson adhbharan dligheach croitearachd. Thèid cunntas a ghabhail air am bi feum air fearann ionaltraidh ùr agus ri fhaotainn. Thèid beachdachadh cuideachd air croitean coille a chruthachadh taobh a-staigh a' cho-theacsa seo.
- 125 Gabhaidh an Coimisean cunntas air an ùidh phoblaich agus ùidhean coimhearsnachd croitearachd sam bith ann an nàbaidheachd an fhearainn, aig àm measaidh thagraidhean. Beachdaichidh e air buannachdan sòisealta no eaconamach a tha coltach, mar thoradh air croitean ùra a chruthachadh.
- 126 Bidh feum air dearbhadh a sholarachadh a thaobh ruigsinneachd gun bhacadh aig àm sam bith air croit ùr a tha molta. Feumaidh a leithid sin de ruigsinneachd innealraidh àiteachais no eile a tha riatanach do dh'àiteach agus cumail suas croite, a cheadachadh.

Meudachadh Croitean

- 127 **An Lagh:** Faodaidh sealbhadair an fhearainn nach eil na chroit no na phàirt de chroit aontachadh ri gabhaltas den fhearann sin a bhuileachadh air croitear. Gus am fearann a bhith na phàirt de chroit croiteir, bidh e riatanach tagradh don Choimisean airson stiùireadh a thoirt air an adhbhir sin. Faodaidh an Coimisean a chead a thoirt ma tha iad riarachaidh gum bi e na bhuannachd don chroit no don chroitear agus nach bi croit meudaichte nas motha gu seasmhach na 30 heactairean. Tha solar air leth ann cuideachd leis am faod a' chroit a bhith meudaichte le fearann croite a th' ann mar-thà, no tro chòraichean croitearachd eile a bhith air an leigeil mar mheudachadh air croit.
- 128 **Poileasaidh:** Beachdaichidh an Coimisean gu fàbharach air meudachadh croitean le fearann neo-chroite, a chuidicheas agus a chumas suas iomairtean croite. Ann an dèanamh sin, gabhaidh an Coimisean cunntas air seasmhachd na coimhearsnachd croitearachd agus ùidhean a' phobaill san fharsaingeachd. Thèid beachdachadh air tagraidhean a bhios a' toradh ann an croit meudaichte a bhith nas motha na 30 heactair ann an co-theacsa an t-suidheachaidh fa leth agus buaidhean sam bith air

croitearachd san nàbaidheachd sin. Cuiridh an Coimisean a phoileasaidhean coitcheann mu ruigsinneachd agus gèilleadh do dhleastanasan croitearan an cèill.

Iomlaid air Croitean no Pàirt Croitean

- 129 **An Lagh:** Chan fhaod croitear a' chroit no pàirt den chroit iomlaid às aonais cead an uachdarain agus a' Choimisein. Thèid a leithid sin de thagradh a dhearbhadh ann an co-rèir ris na riatanasan coitcheann ann an earrann 58A den Achd (faic para 68).
- 130 **Poileasaidh:** Bidh an Coimisean airson a dhèanamh cinnteach gu bheil iomlaidean sam bith air croitean a' frithealadh ùidh croitearachd, agus nach eil iad a' cuibhreachadh comas na croite a bhith air àiteach agus air a chumail suas no a bhith air a chur gu feum gnothaicheil eile. Feumaidh iomlaid air fearann croite dèanamh cinnteach nach bi milleadh sam bith air ruigsinneachd gu na croitean fa leth. Bu chòir do thagraichean a dhèanamh cinnteach gu bheil slighean no raoitean ruigsinneachd gu soilleir agus gu aon-fhillte air an taisbeanadh ann an tagradh, agus fianais a thoirt gu bheil seo a' nochdadh nam fìor rèiteachaidhean. Tha uallach airson cùisean leithid cothromachd nam meudan fearainn air an iomlaid agus luachan eadar-ghluasaid, an urra ris na pàrtaidhean fa leth a tha an sàs agus chan ann ris a' Choimisean mar riaghladair croitearachd. Ach ann an aontachadh ris an iomlaid, feumaidh an Coimisean a bhith riarachta nach eil iomlaid sam bith air fearann a' dèanamh milleadh air fireantachd gin de na croitean tha an ceist.

Fearann Ionaltraidh

- 131 Tha an Coimisean a' coimhead air stiùireadh co-roinnte agus cleachdadh buannachdail air an fhearann ionaltraidh, gu bhith deatamach do sheasmhachd croitearachd. A thaobh sin, adhartaidh an Coimisean stèidheachadh air comataidhean ionaltraidh èifeachdach agus gnìomhach do fhearann ionaltraidh uile. Is e comataidhean ionaltraidh air am bun-stèidheachadh le riaghailtean iomchaidh, ann am beachd a' Choimisein, an dòigh as èifeachdaich air dèanamh cinnteach à stiùireadh ceart air fearann ionaltraidh.
- 132 **An Lagh:** Tha an Achd a' freastal airson stèidheachadh air comataidhean ionaltraidh gus fearann ionaltraidh a stiùireadh, agus tha còir aig comataidhean riaghailtean a thoirt gu buil a dh'fheumas an Coimisean aontachadh. Tha cumhachdan aig a' Choimisean comataidh no buill den chomataidh a chur a-mach à dreuchd, mura coilean iad an dleastanas gu ceart. Mar an ceudna, faodaidh an Coimisean roinn neach fa leth a chasg agus a chrìochnachadh, ma tha iad a' briseadh nan riaghailtean. Feumaidh gach comataidh aithisg a chur a-steach gach 5 bliadhna chun a' Choimisein mu staid ionaltraidh is croitearachd (a' gabhail a-steach croitean) san sgìre aca.
- 133 **Poileasaidh:** Obraichidh an Coimisean le coimhearsnachdan croitearachd gus stèidheachadh air comataidhean ionaltraidh èifeachdach adhartachadh agus taic gnìomhach a chur ri comataidhean stèidhichte. Faodaidh an Coimisean, ann an suidheachadh far nach eil comataidh ionaltraidh air a stèidheachadh, gluasad gu comataidh no connstabal ionaltraidh fhadastad gus dèanamh cinnteach à stiùireadh ceart air an fhearann ionaltraidh. Mura cuir comataidh a-steach riaghailtean airson aonta, faodaidh an Coimisean riaghailtean a stèidheachadh a bhios ceangaltach air luchd-cleachdaidh an fhearainn ionaltraidh. Tha an Coimisean a' meas an dleastanas aithris mar chothrom do chroitearan, tro an comataidhean ionaltraidh, cur gu deimhinneach ri dìon croitearachd do ghinealaichean ri teachd.

Cleachdadh Fearann ionaltraidh airson adhbharan eile

- 134 **An Lagh:** Far a bheil croitearan a' co-roinn ann a' bhòt fearann ionaltraidh gus pàirt den fhearann ionaltraidh a chleachdadh airson adhbhar eile seach ionaltradh, fearann-coille no còraichean reachdail eile, nì a' chomataidh ionaltraidh no an connstabal tagradh don Choimisean airson aonta.
- 135 Far a bheil comataidh ionaltraidh a' sireadh aonta bho Choimisean na Croitearachd gus moladh air an fhearann ionaltraidh a chleachdadh airson adhbharan eile seach earrann 50B, chan fhaod an cleachdadh molta a bhith millteach don fheum a thathar a' toirt à pàirtean eile den fhearann ionaltraidh no ùidhean an t-sealbhadair. Far a bheil an Coimisean a' toirt seachad a leithid sin de dh'aonta, aithrisidh iad cuideachd nach eil aonta a Choimisean a' cur bacadh air ceadan riatanach eile a dh'fheumar gus am moladh a bhuileachadh. Ann a bhith a' toirt seachad aonta fo earrann 50B, **chan eil** an Coimisean ann an dòigh sam bith a' dearbhadh no ag urrasachadh gu bheil croitearan agus/no a' chomataidh ionaltraidh airidh gu laghail air am fearann ionaltraidh a chleachdadh airson nan adhbhar(an) eile a tha molta, às aonais cheadan eile a tha riatanach bho bhuidheann reachdail sam bith eile agus/no sealbhadair fearainn, airson moladh a bhith air a bhuileachadh.

Cuibhreannadh

- 136 **An Lagh:** A' leantainn tagradh bho chroitear aig a bheil còir ann am fearann ionaltraidh, agus a' leantainn co-chomhairleachadh leis an fhearann ionaltraidh, faodaidh an Coimisean pàirt de fhearann ionaltraidh a chuibhreannadh airson cleachdadh air leth leis a' chroitear sin.
- 137 **Poileasaidh:**
- Thèid co-dhùnadh air gach tagradh cuibhreannaidh air airidheachd fhèin.
 - Gabhaidh an Coimisean làn chunntas air beachdan sam bith dèante leis an tagraiche.
 - Feumaidh an Coimisean agus co-chomhairlichidh iad leis a' chomataidh ionaltraidh, ma tha gin ann an dreuchd.
 - Beachdaichidh an Coimisean air fianais sam bith gun toir an cuibhreannadh droch bhuidh air (i) ùidhean nan croitearan eile aig a bheil roinn san fhearann ionaltraidh no (ii) am pàirt sin den fhearann ionaltraidh fuireach gun chuibhreannadh.
 - Faodaidh an Coimisean beachdachadh air buaidh a' chuibhreannaidh, ma thèid a bhuileachadh, air cleachdaidhean stiùiridh co-roinnte sam bith agus obraichean coiteanta an fhearainn ionaltraidh.
 - Cuiridh an Coimisean ùghdarras an cèill gu h-àbhaisteach gus àireamh bheathaichean an tagraiche san fhearann ionaltraidh a lùghdachadh, mar as iomchaidh, ma thèid an tagradh a bhuileachadh.
 - Gu h-àbhaisteach sònraichidh an Coimisean cumhachan gu h-àraid a thaobh feansadh, mura h-eil adhbhar math gun a leithid sin de chumha a shònrachadh.
 - Dh'fhaodadh gun cuibhreannaich an Coimisean pìos fearainn do chroitear fa leth airson ùine stèidhichte, no solar a dhèanamh gum bi an cuibhreannadh buailteach do ath-sgrùdadh a tha cunbhalach le cead planaidh, a tha air a bhuileachadh airson leasachadh sònraichte air an fhearann a tha ri chuibhreannadh.
 - Faodaidh an Coimisean ùghdarras a chleachdadh far a bheil "dòchas" no luach leasachaidh an lùib an raoin do bheil an tagradh, gus a dhèanamh cinnteach nach eil droch bhuidh air ùidhean chroitearan eile aig a bheil roinn san fhearainn ionaltraidh.

Fiù às aonais beachd bhon chomataidh ionaltraidh agus/no croitearan sam bith aig a bheil roinn san fhearann ionaltraidh, dh'fhaodadh gun lorg an Coimisean gun toir an cuibhreannadh do bheil an tagradh, droch bhuaidh air an fhearann ionaltraidh far a bheil deagh adhbhar airson a leithid sin de lorg.

Coilltearachd Croiteir

- 138 **An Lagh:** Faodaidh comataidh ionaltraidh tagradh airson aonta a' Choimisein agus cead an t-sealbhadair fhaotainn gus craobhan a chur air pàirt sam bith den fhearann ionaltraidh. Bidh a leithid sin de thagradh air a dhearbhadh ann an co-rèir ri earrann 58A den Achd.
- 139 Ro aontachadh air an tagradh, comhairlichidh an Coimisean leis an t-sealbhadair, na croitearan aig a bheil roinn san fhearann ionaltraidh agus pearsa sam bith eile a tha an Coimisean a' meas le ùidh sa mholadh.
- 140 **Poileasaidh:** Tha an Coimisean a' tuigsinn gur dòcha gun solaraich coilltearachd croiteir cothrom agus iomairt eile do luchd-earrannan ann am fearann ionaltraidh. Dh'fhaodadh gun aontaich an Coimisean ri tagraidhean a tha còrdail le stiùireadh leantainneach air stoc agus seasmhachd croitearachd san nàbaidheachd. Bidh an Coimisean airson dèanamh cinnteach gu bheil ruigsinneachd gu pàirtean eile den fhearann ionaltraidh air a chumail suas.

Ath-thòiseachadh Croite no Pàirt Croite no Fearann Ionaidh

- 141 **An Lagh:** Feumaidh uachdaran fios a leigeil chun a' Choimisein aig àm tagraidh airson ath-thòiseachadh air croite no pàirt croite airson adhbhar reusanta. **Tha uallach airson ath-thòiseachadh air fearann croite no fearann ionaidh a' laighe le Cùirt an Fhearainn ann an Alba agus chan ann le Coimisean na Croitearachd.** Dh'fhaodadh gun toir an Coimisean taic don tagradh gu **Cùirt an Fhearainn ann an Alba** no a dhol na aghaidh, mar a chì e iomchaidh.
- 142 **Poileasaidh:** Tha an Coimisean den bheachd gu bheil àite cudromach aige ann an cuideachadh Cùirt an Fhearainn ann an Alba, far a bheil e iomchaidh, le dearbhadh air tagraidhean ath-thòiseachaidh a thaobh sa bheil draghan a' Choimisein mu mheud, leud agus/no adhbhar aithrisichte an ath-thòiseachaidh a tha molta. Cleachdaidh e na prionnsapalan ceudna 's a tha a' stiùireadh a mhodh-obrach a thaobh di-chroitidh, agus gu h-àraid beachd sònraichte a thoirt agus as dòcha diùltadh, mar eisimpleir, far a bheil tagraidhean airson làrach taighe agus fearann ghoireasan nas motha na dheigheadh a cheadachadh gu h-àbhaisteach ann an àite sònraichte sam bith mar mheud iomchaidh airson taigh-còmhnaidh agus fearann gàrraidh.

Ath-eagrachadh

- 142 Tha ath-eagrachadh croitearachd mar aon de fhuincseanan coitcheann a' Choimisein. Ged is e fuincsean a th' ann a tha air dearbhadh le duilgheadasan san àm a dh'fhalbh agus gun a bhith air a chleachdadh ach ainneamh, faodaidh e fhathast a bhith air a chleachdadh, far a bheil sin iomchaidh, gu buannachd bhailtean fearainn.
- 143 **An Lagh:** Dh'fhaodadh gun ullaich an Coimisean sgeama ath-eagrachaidh airson gleidheadh no leasachadh nas fheàrr air baile croitearachd. Faodaidh an Coimisean seo a dhèanamh co-dhiù no a' leantainn riochdachadh bho, agus co-

chomhairleachadh le neach-gabhail croite, uachdaran croite anns a' bhaile-fearainn no comataidh ionaltraidh.

- 144 **Poileasaidh:** Tha Coimisean na Croitearachd air a chuingealachadh le a ghoireasan san dòigh sa bheil e comasach bailtean-fearainn ath-eagrachadh. Far a bheil taic bhon choimhearsnachd croitearachd agus bhon uachdaran/sealbhadair fearainn, far a bheil adhbharan matha airson ath-eagrachadh agus far an ceadaich goireasan, cuidichidh an Coimisean a leithid sin de choimhearsnachdan croitearachd ann an ath-eagrachadh baile-fearainn.

Ag obair le càch

- 145 Ged is e riaghladh croitearachd prìomh fhuincsean a' Choimisein, tha sinn a' tuigsinn nach eil ann an riaghladh ach aon inneal gus taic, adhartachadh agus neartachadh air croitearachd a chuideachadh.
- 146 **An Lagh:** A thuilleadh air riaghladh agus ath-eagrachadh croitearachd, tha na h-Achdan Croitearachd ag òrdachadh a' Choimisein leis na fuincseanan coitcheann an lùib adhartachadh ùidhean croitearachd agus cumail chùisean co-cheangailte ri croitearachd fo ath-sgrùdadh.
- 147 Ann an coileanadh nan fhuincseanan sin, tha dleastanas air a' Choimisean co-obrachadh, cho fada 's a leigeas a chumhachdan agus a dhleastanasan leis, le neach no pearsa sam bith ann an coileanadh cheumannan airson leasachadh eaconamach agus leasachadh sòisealta nan sgìrean croitearachd. Tha dleastanas oirnn cuideachd Ministearan na h-Alba a chomhairleachadh mu chùis sam bith co-cheangailte ri croitean agus suidheachadh croitearachd a bhios Ministearan ag iomradh thugainn no air a bheil sinn a' meas comhairle a thoirt seachad.
- 148 Tha seo ag iarraidh gum bi measadh air a ghabhail a-steach san Aithisg Bhliadhnail, air cùisean aig a bheil buaidh air coimhearsnachdan croitearachd agus na tha croitearachd air a chur ri leasachadh seasmhach, agus co-chomhairleachadh le Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean agus leis na h-Ùghdarrasan Ionadail ann an sgìrean croitearachd mus cuirear an aithisg ri chèile.
- 149 **Poileasaidh:** Bidh an Coimisean a' sireadh ri obair gu dlùth le prìomh bhuidhnean agus ionadan gus modh-obrach co-cheangailte adhartachadh a thaobh taic agus adhartachadh croitearachd. Gu h-àraid agus cho fada 's a ghabhas, bidh sinn airson ar gnìomhan riaghlaidh a cho-thaobhadh le leasachaidhean agus iomairtean le Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean, Ùghdarrasan Ionadail agus feadhainn eile ann an sgìrean croitearachd.
- 150 Is e buidheann poblach neo-roinneil a th' anns a' Choimisean agus mar sin bidh e a' coileanadh a ghnòthaich ann an dòigh fhosgailte, chothromach agus reusanta ach a' fuireach neo-phàirteach na phròiseas co-dhùnaidh.
- 151 Uaireannan, cuimsichidh an Coimisean a chuid obrach ann an sgìrean cruinn-eòlasach sònraichte mar cho-obrachadh le coimhearsnachdan, oighreachdan agus buidhneanb com-pàirteachais gus raon de bhuannachdan a liubhairt do sgìrean taghte. Ann an dèanamh sin, tha an Coimisean a' sireadh ri cleachdadh èifeachdach a dhèanamh air a ghoireasan agus dèanamh cinnteach gu bheil an làn raon de a chumhachdan riaghlaidh air ùisneachadh chun na h-èifeachd as fheàrr. San dòigh seo, tha an Coimisean a' beachdachadh gun urrainn dha luach riaghladh croitearachd a thaisbeanadh, air a riarachadh ann an co-bhonn ri taic bho bhuidhnean eile. Tha am modh roinne poblaich co-obrachail seo ag amas air cleachdadh nas fheàrr air comas agus goireas na roinne poblaich fhurastachadh, agus coimhearsnachdan a

chuideachadh gu fulangas nas làidire a choileanadh. Thathar a' sùileachadh gun coilean seo atharrachadh deimhinneach is maireannach do na sgìrean sin ann an dòigh nas fheàrr.

- 152 Ann an obrachadh nas fheàrr, bidh Coimisean na Croitearachd a' coimhead ri deagh eisimpleirean de chleachdadh riaghlaidh a leasachadh, a ghabhas am mac-samhlachadh thar ùine ann an sgìrean croitearachd. Gu h-àraid, tha an Coimisean a' beachdachadh gu bheil cothrom ann obrachadh gu dlùth le oighreachdan croitearachd a tha ann an seilbh phoblach gus a leithid sin de mhodail air cleachdadh riaghlaidh math a sholarachadh. Mar sin, bidh Coimisean na Croitearachd a' conaltradh le oighreachdan Riaghaltas na h-Alba (agus far a bheil e iomchaidh, oighreachdan Coimisean na Coilltearachd) gus coileanadh air na fuincseanan riaghlaidh sin a chumseachadh taobh a-staigh nan oighreachdan sin.
- 153 Tha Coimisean na Croitearachd a' tuigsinn gun cuidich leasachadh air dàimhean làidir obrach le sealbhadairean fearainn agus uachdarain, le riaghladh ceart, ath-eagrachadh agus adhartachadh air croitearachd.

Leantainneachd gun Tiomnadh

- 154 Obraichidh Coimisean na Croitearachd le uachdarain gus fuasgladh fhaotainn air fàilligidhean leantainneachd mar thoradh air dìth tiomnaidh. **Tha an Coimisean a' brosnachadh chroitearan gu rèiteachadh freagarrach a dhèanamh mu choinneamh leantainneachd croite (agus leantainneachd earrann(an) ionaltraidh) le Tiomnadh.** Far a bheil goireasan a' ceadachadh, obraichidh an Coimisean le uachdarain/sealbhadairean fearainn eile gus a leithid sin de fhàilligidhean leantainneachd fhuasgladh.

Planadh

- 155 Bidh Coimisean na Croitearachd a' conaltradh le ùghdarrasan planaigh taobh a-staigh nan Sgìrean Croitearachd nuair a tha planaichean leasachaidh gan leasachadh. Tha an Coimisean a' tuigsinn gu bheil ealantas croitearachd aca as urrainn tabhartas cudromach a dhèanamh a thaobh planaichean leasachaidh. Dh'fhaodadh gum freagair an Coimisean, mar chomhairliche reachdail ann an tagradh planaigh le fearann croite, do thagraidhean planaigh fa leth far a bheil sin iomchaidh a dhèanamh, agus far a bheil draghan aca no gu bheil draghan sònraichte air an togail leis an ùghdarras planaigh a thaobh (am measg chùisean eile):-

- suidheachadh làrach leasachaidh taobh a-staigh croit
- buaidh leasachaidh molta air a' chroit
- buaidh ruigsinneachsd molta sam bith don leasachadh molta air a' chroit
- feum obrachail air an leasachadh molta

Sa mhòr-chuid de chùisean, bidh beachdan a' Choimisein a' moladh gun cleachd leasachadh molta sam bith an fharsaingeachd as lugha de fhearann croite tarbhach. Bheir an Coimisean seachad stiùireadh coitcheann do dh'ùghdarrasan planaigh a thaobh leasachadh sam bith air fearann croite.

Ùidh Phoblach

- 156 Far a bheil fianais no fiosrachadh a' tighinn am bàrr, rè cùrsa giullachd air tagradh riaghlaidh, gur dòcha gun toir an co-dhùnadh buaidh air (gu deimhinneach no gu h-àicheil) ùidh a' phobaill ann an dòigh stuthail sam bith, bheir an Coimisean cunntas air a leithid sin de bhuidh agus cothromaichidh iad a' bhuidh sin leis na feartan eile air am feum iad beachdachadh a thaobh cumhachan earrann 58A(7) de Achd 1993. Far nach eil fianais no fiosrachadh sam bith a' tighinn am bàrr a thaobh buaidh chomasach air ùidh a' phobaill, gabhaidh an Coimisean ris nach eil buaidh stuthail ann. Far a bheil an t-ùghdarras planaidh air cead planaidh a thoirt airson cleachdadh sam bith air an fhearann a tha san ttagradh planaidh, gabhaidh an Coimisean ris san fharsaingeachd gu bheil an t-ùghdarras planaidh air cunntas a ghabhail air ùidh a' phobaill, mura h-eil adhbhar math gun an ro-bheachd sin a dhèanamh. A dh'aindeoin sin, tha ùghdarras aig a' Choimisean tagradh di-chroitidh a dhiùltadh fiù far a bheil cead planaidh air a bhuileachadh airson leasachadh air an àite a tha san tagradh di-chroitidh. Tha seo air sgàth 's gum feum an Coimisean an ùidh phoblach a chothromachadh le maith na croite agus na h-oighreachd agus ùidhean na coimhearsnachd croitearachd ann an dearbhadh a bheil adhbhar reusanta co-cheangailte ri ùidh a' phobaill.

Seasmhachd

- 157 Gabhaidh an Coimisean sealladh fad-amail air croitearachd agus air a' choimhearsnachd croitearachd ann an coileanadh fhuincseanan riaghlaidh agus gnìomha. Tha Coimisean na Croitearachd a' tuigsinn gu bheil cumhachdan cuibhrichte aca airson leasachadh seasmhach a liubhairt, fiù taobh a-staigh choimhearsnachdan croitearachd, ach obraichidh iad le luchd-ùidhe eile agus com-pàirtichean gus cuideachadh le cinn-uidhe leasachaidh seasmhach Riaghaltas na h-Alba.
- 158 Tha sealladh fad-amail mar phrìomh bhun-bheachd ann an seasmhachd croitearachd agus leasachadh seasmhach air a' choimhearsnachd croitearachd. Ann an coileanadh fhuincseanan, beachdaichidh an Coimisean air buaidh nan atharrachaidhean air ginealaichean ri teachd. Cuiridh Coimisean na Croitearachd ùghdarras an cèill gus ùidhean dhaoine fa leth a chothromachadh (agus iomairtean a bheir taic dhaibh agus a chumas suas iad) agus ùidhean na coimhearsnachd croitearachd. Cleachdaidh Coimisean na Croitearachd an t-ùghdarras seo ann an coileanadh fhuincseanan riaghlaidh gus croitearan agus coimhearsnachdan croitearachd a chuideachadh, far a bheil sin iomchaidh, ann an dleastanasan eug-samhlachaidh.
- 159 Obraichidh an Coimisean, cho fada 's a tha e a' tighinn taobh a-staigh a raon-dleastanais reachdail, le com-pàirtichean agus luchd-ùidhe gus ro-innleachdan cleachdadh fearainn a leasachadh agus bith-iomadachd air fearann croite a bhrosnachadh, a tha air a dhìon agus/no buailteach do dh'ainmeachaidhean glèidhteachais nàdair.

PÀIRT 3: POILEASaidh AIR EADAR-MHÌNEACHADH PRÌOMH FHACAIL

Ann an tighinn gu co-dhùnaidhean, tha an Coimisean mothachail do reachdas agus do a phoileasaidhean fhèin a tha còmhdaichte ann am Pàirtean 1 agus 2 den Phlana seo. A thuilleadh air an sin, tha iomradh air àireamh de fhacail is abairtean ann an reachdas agus poileasaidhean a bhios an Coimisean a' cleachdadh gach latha, agus ann an dèanamh sin, a' cur an cèill nan eadar-mhìneachaidhean a leanas:

| Teirm no Abairt | Mìneachadh | Tùs |
|-----------------------------|---|--|
| Uachdaran Co-shuidheachaidh | Is e sealbhadair an fhearainn a th' anns an uachdaran co-shuidheachaidh, aig an àm a chaidh a shuidheachadh mar chroit fo sholaran croitean ùra a chruthachadh; no neach-leantainn a leithid sin de shealbhadair ann an tìotal. | Earrannan 3A agus 19B(6de Achd nan Croitearan (Alba) 1993 etc. |
| Croit | Tac fearainn a tha buailteach do na h-Achdan Croitearachd, air am mìneachadh nas motha ann an earrann 3 de Achd nan Croitearan (Alba) 1993. | Earrann 3 de Achd nan Croitearan (Alba) 1993. |
| Croitear | Neach-gabhail clàraichte croite (faic gu h-ìosal mìneachadh air croitear seilbhe). | |
| Coimhearsnachd Croitearachd | Pearsachan uile a tha (aon no na dhà): (a) gabhail chroitean taobh a-staigh baile-fearainn anns a bheil dà chroit no barrachd clàraichte leis a' Choimisean; (b) le earrannan ann am fearann ionaltraidh co-cheangailte ris a' bhaile sin. | Earrann 61 C de Achd nan Croitearan (Alba) 1993. |
| Àiteach | Tha "Àiteach" ia' gabhail a-steach cleachdadh air croit airson tuathanas-leasa no airson adhbhar sam bith eile de thuathanachas, a' gabhail a-steach cumail no briodachadh stoc, cearcan no seilleanan, fàs mheasan, glasraich agus a leithid, cur chraobhan agus cleachdadh an fhearainn mar fhearann coillteach. | Earrann 5C(8) de Achd nan Croitearan (Alba) 1993. |
| Croit Mheasta | Nuair a cheannaicheas croitear fearann croite agus na h-earrannan ionaltraidh co-cheangailte ris a' chroit sin gan cumail sa ghabhaltas, tha a' chòir ionaltraidh agus còraichean sam bith co-cheangailte " measta " a bhith na chroit air leth na chòir fhèin. | Earrann 3(5) de Achd nan Croitearan (Alba) 1993. |
| Adhbhar math | Is e adhbhar math, an nì a dh'fheumas an Coimisean a chomharrachadh, gus cead a thoirt do chroitear a bhith gu h-àbhaisteach a' còmhnaidh còrr air 32 cilemeatair bhon chroit no sparradh air dleastanas croitearachd a sheachnadh. Tha measgachadh de 'adhbharan matha' air an nochdadh taobh a-staigh nan diofar poileasaidhean fa leth. Chan eil iad sin ioma-chuimseach agus bidh iad an eisimeil shuidheachaidhean fa leth air a bheillear a' beachdachadh ann an co-theacsa nam poileasaidhean fa leth. Tha e suas ris a' Choimisean co-dhùnadh mas e 'adhbhar math' a th' ann an adhbhar sam bith a chuirear a-steach. | Earrann 21B(3) de Achd nan Croitearan (Alba) 1993. |
| Èisteachd | Chan eil e mar fhiachaibh air a' Choimisean èisteachd a chumail ach ann an tagraidhean di-chroitidh sònraichte, agus a-mhàin ma dh'iarras | Èisteachd |

| Teirm no Abairt | Mìneachadh | Tùs |
|-----------------|---|-----|
| | an tagraiche. Faodaidh an Coimisean fianais a chluinntinn cuideachd fo ùghdarras fhèin a thaobh briseadh air riaghailtean ionaltraidh. Faodaidh an Coimisean èisteachd phearsanta a thoirt do neach air an deach fios a fhrithealadh fo earrann 58(2) de Achd nan Croitearan (Alba) 1993. | |

| Teirm no Abairt | Mìneachadh | Tùs |
|--------------------------------|--|---|
| Pàrtaidh/Neach-gearain le Ùidh | Cha cho-chomhairlich an Coimisean gu h-àbhaisteach ach a-mhàin leothasan a tha nan fhìor luchd-gearain, ach co-chomhairleachaidh le feadhainn eile mar a mheasas an Coimisean iomchaidh agus/no far a bheil an Coimisean a' meas gu bheil ùidh bhuntainneach aig neach. | Earrann 58A(4)) de Achd nan Croitearan (Alba) 1993. (a thaobh tagraidhean airson aonta no cead). |
| Mì-fheum | Far a bheil croitear le deòin agus le aithne a' cleachdadh na croite ann an dòigh eile seach àiteach no a cur gu feum gnothaicheil aontaichte eile; fàilligeadh air àiteach; fàilligeadh air a cur gu a leithid sin de fheum gnothaicheil. Mar sin, faodaidh mì-fheum a bhith tro chleachdadh gnìomhach no dearmad. | Earrann 5B(2) de Achd nan Croitearan (Alba) 1993. |
| Dearmad | Tha croitear a' dèanamh dearmad air croit far nach eilear ga ruith gus coinneachadh ri inbhean Suidheachadh Àrainneachdail agus Àiteachail Math air iomradh ann an Riaghailt 4 de, agus sa chlàr gu, Riaghailtean Sgeamaichean Poileasaidh Àiteachail Coitcheann (Tar-Ghèilleadh) (Alba) 2004 (SSI 2004 Àir. 518). | Earrann 5B(3) de Achd nan Croitearan (Alba) 1993. |
| Croitear Seilbhe | Thèid aithne a thoirt do phearsa mar chroitear seilbhe, ma tha sealbh aca air croit agus gun robh iad an dàrna cuid nan croitear gabhail a fhuair a' chroit no ainmichte le croitear, no neach fa leth a cheannaich a' chroit bhon uachdaran co-shuidheachaidh (no neach-leantainn le còir do na pearsachan sin). A thuilleadh air an sin, chan fhaod a' chroit a bhith air a leigeil do neach sam bith mar chroit on a fhuair a' chroit bhon uachdaran no co-shuidhichte mar chroit. | Earrann 19B(2) to (4) de Achd nan Croitearan (Alba) 1993. Tha an Coimisean mothachail gur e rùn na Pàrlamaid gum bu chòir na dleastanasan agus na h-uallaichean ceudna a bhith aig croitearan seilbhe ri croitearan, agus bidh an Coimisean air a threòrachadh leis a' phrionnsapal sin na phoileasaidhean uile. |
| Sealbhadair Còmhnaidh | Neach a tha air a c(h)roit a cheannach (no neach-leantainn le còir) ach nach eil taobh a-staigh a' mhìneachaidh airson croitear sealbhadair còmhnaidh. Dh'fhaodadh na h-adhbharan airson sin a bhith: <ul style="list-style-type: none"> • cha do cheannaich an neach a' chroit iomlan • tha sealbh aig diofar dhaoine air diofar phàirtean den chroit • fhuair an neach còir air a' chroit ann an dòigh seach tron chroitear no neach-leantainn a' chroiteir ann an còir (mar eisimpleir, fhuair am pàrtaidh a' chòir don chroit dìreach bhon uachdaran an dèidh don neach-gabhail gabhaltas na croite a thoirt suas). | |

| Teirm no Abairt | Mìneachadh | Tùs |
|-------------------------|---|---|
| | <ul style="list-style-type: none"> • fhuair am pearsa còir bho uachdaran co-shuidheachaidh seach tro cheannach. • fhuair eadh am fearann mar thac fearainn beag mus tàinig Achd 1955 gu bith. | |
| Ùidh phoblach | <p>Chan eil reachdas croitearachd a' mìneachadh 'ùidh phoblach' ged a tha e a' toirt iomraidhean air. Mar sin, tha e suas ris a' Choimisean a bhith riaraichte gu bheil, mar a tha air iarraidh air bunait cùise, deuchainn ùidh phoblach air a choileanadh.</p> <p>Tha an Coimisean air a bheachdachadh poileasaidh air ùidh phoblach a mhìneachadh ann am paragraf 157 den Phlana seo.</p> | |
| Teirm no Abairt | Mìneachadh | Tùs |
| Cleachdadh gnothaicheil | <p>Tha cleachdadh gnothaicheil a' ciallachadh cleachdadh planaichte agus sriùirichte sam bith aig nach eil droch bhuaidh air a' chroit, ùidh phoblach, ùidhean an uachdarain no (ma tha diofraichte) an sealbhadair; no cleachdadh air fearann dlùth ri làimh. A thaobh luchd-gabhail chroitean, tha cleachdadh gnothaicheil ag iarraidh cead.</p> | Earrann 5C(8) de Achd nan Croitearan (Alba) 1993. |
| Adhbhar reusanta | <p>Feumaidh adhbhar reusanta airson di-chroitidh ceangal a dhèanamh ri maith na croite no na h-oighreachd no ùidh phoblach no ùidhean na coimhearsnachd croitearachd ann an nàbaidheachd na croite. Chan fhaod meud an fhearainn ris a bheil an tagradh a' beantainn, a bhith ro mhòr a thaobh an adhbhair sin. Tha adhbhar reusanta a' gabhail a-steach (ach chan eil cuibhrichte ri): togail taighean-còmhnaidh; cuibhreannan beaga; calaidhean, cidheachan, seadaichean bàta no togalaichean eile mar sin; eaglaisean no àiteachan adhradh eile; sgoiltean; tallachan no ionadan coimhearsnachd; planntachadh; rathaidean freagarrach do charbadan bhon chroit no bhon bhaile-fearainn chun an rathaid phoblaich no chun a' chladaich; ginteadh lùtha; adhbhar sam bith eile a tha coltach ri cosnadh a thoirt do chroitearan agus do feadhainn eile san nàbaidheachd. Tha adhbhar reusanta cuideachd a' gabhail a-steach dìon air carraighean-cuimhne àrsaidh no nì eile de dh'ùidh eachdraidheil no arc-eòlasach, bho mhilleadh no sgrìos.</p> | Earrannan 20 and 25(1)(a) de Achd nan Croitearan (Alba) 1993. |
| Cumhachan Reachdail | <p>Tha gach gabhaltas croite buailteach do chumhachan reachdail a tha air am mìneachadh ann an Clàr 2 den Achd. Tha iad sin a' gabhail a-steach cumhachan a thaobh pàigheadh màil; solarachadh uidheam ceangailte; cumail suas thogalaichean agus croit; roinneadh agus fo-leigeil air a' chroit; togalach taigh-còmhnaidh; ruigsinneachd chun na croite don uachdaran airson adhbharan ainmichte; reic deoch-làidir; agus a bhith banca-briste. Tha còir aig an uachdaran gnìomh a chur an cèill ma bhios</p> | Earrann 5 agus Clàr 2 de Achd nan Croitearan (Alba) 1993. |

| Teirm no Abairt | Mìneachadh | Tùs |
|----------------------|---|--|
| | gin de na cumhachan reachdail air am briseadh leis an neach-gabhail. | |
| Leasachadh Seasmhach | Is e leasachadh seasmhach a th' ann an leasachadh a tha gu reusanta a' cumail suas an ama làithreach, gun chron a dhèanamh air comas nan ginealaichean ri teachd, air iad fhèin a chumail suas. | Ar n-Àm Teachdail Coitcheann – Aithisg Brundtland 1987 |
| Croit Falamh | Croit air nach eil neach-gabhail no fo-neach-gabhail (le solar sònraichte ga dhèanamh do chroitean shealbhadairean còmhnaidh): “... thèid gabhail ris gu bheil croit falamh a dh'aindeoin a bhith gabhte, ma tha e gabhte ann an dòigh eile seach: (a) neach-gabhail na croite; (b) croitear seilbhe na croite; (c) fo-neach-gabhail fo-leigeil do bheil earrann 27 a' beantainn; no (d) neach-gabhail leigeil do bheil earrann 29A a' beantainn”. | Earrann 23(10) de Achd nan Croitearan (Alba) 1993. |

| Teirm no Abairt | Mìneachadh | Tùs |
|-------------------------|--|--|
| Gearan dligheach | Gearan le neach-gearain a' tuiteam taobh a-staigh earrann 58A(4) agus a' gèilleadh le earrann 58A (16), de Achd nan Croitearan (Alba) 1993 (a tha ag ràdh gum feum an gearan a bhith ann an cruth maireannach a tha comasach a chleachdadh airson iomradh às dèidh sin). | Earrann 58A(4) is (16) de Achd nan Croitearan (Alba) 1993. |
| Neach-gearain dligheach | Neach a tha airidh air gearan fo earrann 58A (4). San fharsaingeachd, mheasadh an Coimisean iadsan a' tuiteam taobh a-staigh a' mhìneachaidh air 'coimhearsnachd croitearachd' aig earrann 61(1) den Achd; uachdaran croite agus/no (far a bheil sin iomchaidh) sealbhadair an fhearainn ionaltraidh, a bhith nan luchd-gearain dligheach. Tha neach sam bith eile a tha an Coimisean a' meas le ùidh buntainneach san tagradh, cuideachd air a sheòrsachadh mar neach-gearain dligheach. | Earrann 58A (4) de Achd nan Croitearan (Alba) 1993. |